

5. 1965 (11)

AM

MOR DHEASNAS

A BHI DO GHNA LATHAIR AIG

AN

IOBAIRT CHRIOSDAIL

MAILLE RI NADUR

AN ULLACHAIDH

A TA AIR IARRAIDH.

Clòdh-Bhualte airson Comunn Fior Theagaisg Criodail a Ghàidheil.

Oir cia minic 's a dh' itheas sibh am t-aran so, agus a dh' òlas sibh an cupan so; tha sibh a' foillseachadh bàis an Tighearna gus an d'thig e.—
1 COR. xi. 26.

Tha altair againne, dheth nach 'eil eòir aca-san a bheag itheadh, a tha deanamh seirbheis do 'n phàillinn.—EABH. XIII. 10.

DUN-ÈIDEAN:

R. LENDRUM'S A CHUIDEACHD, 29 SRAID FHREDERIC.
1847.


MEARACHIDAN A CHLODH-BHUALAIDH.

Taobh-duilleige Sreath

12,	30,	Airson <i>robb</i> ,	Lèugh ro.
13,	4,	" <i>miunntir</i>	" muinntir.
"	6,	" <i>Air</i>	" Air.
16,	20,	roimh <i>chaidh</i>	" a.
17,	17,	airson <i>Letir</i>	" Litir.
21,	30,	" <i>miunntir</i>	" muinntir.
29,	17,	cuir as <i>th'</i> .	
32,	9,	airson <i>uain</i>	" uainn.
37,	30,	" <i>airsan</i>	" airson.
40,	32,		" comhpàirteachadh.
44,	11,	" <i>e</i>	" i.
48,	2,	" <i>naithe</i>	" uaithé.

EDINBURGH:

PRINTED BY J. GOLDIE AND CO. 377 HIGH STREET.



TEANN DHLEASNAS

GACH DUINE

A BHI GU TRIC

AG

CO'-PAIR TEACHADH

DO 'N

IOBAIRT CHRIOSDAIL.

.....

CHA 'n ioghnadh idir ged a tha sluagh, a ta mi chùramach mu *ghnothaichean creidimh*, agus a thèid do 'n Eaglais air sgàth sgoinne, chionn 's gur e cleachdadadh an 't-saoghail mu'n cuairt daibh e, a leigeadh seachad gu faoin aon do na buaidhean is ro airde do 'n bheatha Chriosdail. 'Se sin, a bhi gabhail gu tric Sàcramaid Naomh Cuirp agus Fola Chriosd. Ach gun tionndadh Criosduinean uair air bith an cùl r' a altair naomha-san, iadsan a ta, anns gach seadh eile, cùramach agus diadhaidh, gu'n bhacadh laghail sam bith orra,—iadsan aig am bheil cagal De fa chomhair an sùl, agus is i an oidhcirp esan a thoileachadh anns gach gniomh,—gum pilleadh iad so air falbh, agus, a' nuair a bheirear cuireadh dhaibh gu *co'-chuimhneachan* a chumail air *iobairt uile-luachmhor bàis Chriosd*, gun diultadh iad a leithid do chothrom eutrom air eridhe taingeil a nochdadadh, tha so iongantach da rireamh. Tha iad so ag leigeadh seachad na

meadhonan is ro èifeachdaiche air cinntin ann an gràs, agus air tabhairt an deagh runntaibh gu leir gu deagh chrich.

Ach creideam gu bheil moran do 'n chleachda' mhi-naomh so ag èiridh bho aineolas air am fior dhleasnas 's a phuing so. Tha 'n ro iarrtas air iobairt thaitneach a thraigse do Dhia a' lionadh an inntinnean le trom eagal a chunnairt mhoir, a bhi 'n an luchd-eomunnachaидh mi-ionchuidh. Air an aobhar sin cha n'eil iad a' gabhail tiom a thabhairt fa'near nan aobhar cudthromach a ta sparadh an dleasnais so orra, ni mo a ta iad a' smuaintcachadh air a chunnart mhor a ta iad a riuth le aon do dh'aïntcanta soilleir ar Slànuigh'ir bheannuichte fhàgail gun choilionadh. Tha so ni's ro chunnartaiche d'an slàinte shiorruidh na ged a choilionadh iad i ann an dòigh mhi-iomlan. Tha 'n dleasnas do sheachnaidh feùmail, agus feùmaidh sinne sinn fein uidheamachadh gu cùramach agus gu diochallach gu choilionadh gu h-iomchuidh, ach cha'n ann 'g ar mealadh fein gu sheachnad, oir gun teagamh mèudaichidh so ar cionnta agus ar pcanas.

Ach airson na muinntreach sin nach do cho'-pàirtich riamh do 'n Fhèisd Naoimh so air eagal gu meùdaicheadh iad an diteadh le peacachadh a ris an deigh bòidean solaimte a thabhairt na aghaidh; tha e soilleir gu bheil iad so ag ruith ann a' mearachd ro mhòr. Oir ma tha duine 'a pilleadh bho dhleasnas creidmhreach chum's gum bi, a reir a bharail, tuillidh cead, no srian aige gu aignean coirpte a riarrachadh, tha e soilleir gu bheil e a' peacachadh gu suidhichte agus gu dàna, an aghaidh soluis, colais, agus cogaisc; agus a' enir a' ncobrigi aon do na meadhonan as fearr gu ath-nuadhachadh agus ath-leasachadh.

Chum 's gun tuigear a chùis so uis fearr, labhram air na caochla ciùn-teagaisg so a leanas.

Air tùs, Rannsaicheam an eeangal a ta air gach uile Chriosduidh an Commanaehadh naomh a ghabhail, agus a bhi gu tric agus a ghnà aig an iobairt Chriosdail.

‘San dara h-aite, Ciod an t-ullachadh a ta feàmail a choilionadh an dleasnais so anu an doigh thaitnieh.

‘San treas aite, Bheir mi oidheirp air freagairt a thoirt do ‘n muinntir sin a tha euir an aghaidh commanachaiddh tric.

‘Sa cheathramh aite, Cuiream ‘n ‘ur làthair mor bhuaidh-ean commanachaiddh tric.

‘Sa echoigearm aite, Nochdam an ro fhaicill a thug an Eaglais an aghaidh mi-naomhachadh Suipeir an Tighearna.

‘San t-seathamh aite, Caoehla riaghailtean mun doigh air an eoilionar i.

‘Sa eheud aite. Rannsaicheam an eeangal a ta air gach uile Chriosduidh an Commanachadh naomh a ghabhail agus a bhi gu tric, agus a ghnà aig an Iobairt Chriosdail.’

Tha *cheud* argamaid gu colisionadh an dleasnais Chriosdail so ag èiridh bho *dhearbh àithne* ar Slanuigh’ir Iosa Criod, ùghdar ar creidimh. ‘Sann bho Aon Ungaichite so an Tighearna a ghairmear Crioduinean dhinn; a ta ’cillaehadh ercideamh daingcann anns na teagasgaibh sin a dh’fhoillsich esan, agus rùn seasrach inntinne thoirt fà-near nan reachdan sin a dh’àithn e. Os barr, gheall sinn gu ro shòlaimte, ‘n ar bòidean baistidh, gun riaghlaivid ar n’ uile ghniomharra a reir riaghailt a Shòisgeil naoimh. Air an aobhar sin ma tha sinn do ghnà a deanamh dùineas air aon do reachdan soilleir ar Tighearn’ agus ar Maighistir, gu h’ iomchuidh air a nochdadh dhuinn, cha ‘n ’eil so air chor sam bith a’ freagairt do ‘n bhoid a rinn sin, no do ‘n teastnas a tha sinn a’ gabhail oirnn fcìn, seadh a bhi ‘n ar deisciobuil dhasan. A thuillidh air so, tha ar n’ ùmhachd anns a phuine so ag noeladh urram àraighe ‘g a ùghdarras

san, agus gu bheil neart na h-àithn' ag teachd bho chòir san air a tabhairt seachad. 'Nis tha e soilleir gun do spàr ar Slanuigh'ear mar dhleasnas air na h-uile Chriosduidh, a bhi ghnà aig *Iobairt Chuimhneachain-san*, bho eachdraidh a suidheachaidh, aig a cho' dhùnadadh a thug ar Slanuigh'ear an teann àithne so seachad,—*Deanaibh so mar chuimhneachan ormsa*,—Luke xxii. 19. Mar a bha n'a h-Abstoil naomh 'r'a dheanadh do dhaoin' eile ceart mar a rinn ar Slanui'fhear dhaibh fèin, seadh, an t-aran a bheannuchadh, a bhristeadh, agus a thabhairt do na h-uile a' dh'aontaich maille riu anns an t seirbheis naoimh' so; is amhuil a bha e, leis a so, ceangailt air gach uile Chriosduidh na samhlainean so air corp agus fuli Chriosd' a ghabhail bh'uathasan agus blio 'n luchd ionaid. Trid na li' àithne so, uime sin, tha co-chomunn cuirp agus fola Chriosd air a nochdadhl le aran agus fion anns an t-Sàcramaid naoimh, air a dheanamh na clò-chuimhneachan seasrach air a bhàs agus fhullanais san anns gach co-chruinneachadh Criodail gu crìoch an t-saoghal. Tha 'n t-Abstol Pol, a fhuair a ni a theagaisg e mun t-suidheachadh naomh so bho n Tighearna fein, a tabhairt a ris na ceart àithne ceudna, "*Deanaibh so mar chuimhneachan ormsa*." Agus ma bheir sinn an àithne so gu cuibhe fa'near, aomaidh i nis mo agus nis mo sinn: oir thugadh i le 'r fior Charaid, is mo rinn riamh do mhath dhuinn, aig an am 's an robh e gu bleatha leigeadh sios air ar son. Is iad, mar a dh'fhaodar a ràdh, a bhriathran bàis da uile dhcisciobluibh agus luchd-leanmhuinn treibhdhireach iad; agus, uime sin, a dhleasadh dhoibh a thoirt fa'near leis gach uil' urram agus mhcas. A rèir an reachd so, cha robh na ceud Chriosduinnean lide ni bu diongimhlaist nan seasraehd ann an *teagast nan Abstol* na bha iad ann an co-chomunn "*ùrnugh agus bristeadh arain*." Tha fios

againn gun robh aoradh follaiseach nam priomh Chriosduinean ag co-sheasamh ann an tri earrannan, 's e sin *èisdeachd focail Dè, ùrnuighean*, agus ag *cumail co-chuimhneachan air Criod 'san iobairt mholaidh*.

A ris, tha 'n *dara* argamaid gu coilionadh an dleasnais Chriosdail so ag èiridh bho *nadur an dleasnais* e fein. Is pong aoraidh so a bhuineas don chreideamh Chriosdail a mhàin, trid, agus leis, an bheil sinn, ann an doigh àraidh, ag aideachadh gur sinn luchd-leanmhuinn an Iosa bheannuichte. Tlia araon Cinnich agus Turcaich a' tairgse suas an ùrnuighean agus a'n eliu do Dhia; agus, le solus naduir, a lèum gu Cumhaechd Neo-chriochnaichte gu fuasgladh air an uireasbhuidh, agus ag toirt buidheachas do Mhaiteas Neo-chriochnaichte, mar an tobar bho bheil gach uile bheannachadh ag sruthadh d' an ionnsuidh. Bha na h-Iudhaich, le marbhadh ainmhidhean, agus le losgadh tùis, ag cuir an achain ri Dia, agus ga mholadh, agus ga bheannachadh airson nan tràcairean sin gan robh iad a' co-pàirteachadh. Ach 's iad Crioduiinean amhlàin a ta cuir an lathair Dhe, anns an Iobairt breith-buidheachais, aran agus fion, *mar chomharrainnean agus mar shamhlainnean air fuil phrì-seil Criod 'a dhòirteadh air ar sonne, agus air a chorp prì-seil*. Cha 'n urrainear, air an aobhar sin, a ràdh gu bheil aoradh Chriosduinean, aig am sam bith cho iomchuidh 's a ta e nuair a tha iad a' co-aontachadh r'a chèile 's an diamh-aircachd naoimh sin a rinn Criod na chomharra àraidh air a chreideamh fein. Cha n' fheùdar a smuainteachadh gu'n d'fhagadh aig ar toil fein a chùis so, a coilionadh no gun a coilionadh mar a fhreagras duinn. Dh' òrd-uicheadh i mar sheirbheis àraidh Chriosduinean, a chuir eadar-dhealachadh eadar iad fein agus gach uile luchd aoraidh eile; agus mar an t-aon ghniomh sònraichte leis

am bheil sinn a teachid gu bhi 'n ar luchd co-pairt do dh' iòbairt Chriosd' a rinneadh air a chrann-cheùsaidh ; agus as cngmhais nach 'cìl ar scirbheis fhollaisceach air chor sam bith iomlan. Thugaibh fa'near, cha robh là sam bith air an robh co-chruinneachadh follaiseach aig na priomh Chriosduinean nach robh an *iòbairt Chriosdail* so aca. Tha iad fein ag innse dhuinn gun robh an t-ordugh naonih so na ghnà earrainn do sheirbheis là an Tighearna ; agus cha 'n'eil teagamh nach be gach la 'n Tighearna fa' leith, an t-àm suidhichte sin a ta air ainmeachadh, air an do chruinnich na Criosduinean an ceann a cheile gan ceangal fèin le bòid nach goideadh agus nach reubadh iad, nach cumadh iad air ais an geall a chuireadh nan laimh, agus nach deanadh iad aingeachd sam bith. 'Tha fear dhiubh ag innse dhuinn : *gun do chomanaich na Criosduinean do ghnà, san àm sin, cha ne mhàin ceithir uairean 's an t-seach-dain, ach air làithibh eile mar an ceudna, muair a bha iad a cumail cuimhneachain air fear sam bith do 'n luchd-fianais.* Cha d' fhàillhich na creidmhich, a cho-aontaich anns gach earrainn eile do dh'aoradh follaiseach, uair air bith, ann an co-pàirteachadh do 'n t-Sàcramaid naoimh so. Tha e soilleir r'a fhaicinn, bho no riaghailtean agus na laghannan a dh'fhang iad againn, ciod a bharail a bh' aig na priomh Chriosduinean orrasan a thionndaidh an cùl-thaoobl ris an òrdugh naomh so. Tha iad sin ag innse dhuinn, co sam bith do na creidmhich a bha làthair sa cho-chruinneachadh fhollaisceach, agus a chuala na Scriobtura naomha, mar do lean iad air a bhi nan luchd co-pàirt do 'n t-Sàcramaid naoimh, gun robh iad buailteach do bhi air an gearradh a' mach bho cho-chomunn nan Criosduinean.

Tha 'n *treas* argamaid airson gnà-choillionadh an dleas-nais Chriosdail so ag èiridh bho na *buaidhean* àrd a ta

ceangailte ri cò-pairteachadh gu h-ionchuidh do n' òrdugh naomh so. Bho nàdur ar staid anns an t-saoghal so, tha sinn air ar cuartachadh le caoehla bhuairinnibh. Cha'n eil staid beatha saor bho ionnsuidhnean ar naimhdean spioradail. Tha sinn, uime sin, tuille is tric, a' teachd gu bhi n'ar craoichi d' an ionnsuidhnean malluiehte, agus air ar brosnuchadh gu'r dleasnas a bhristeadh. Nis, nuair a ta sinn air ar tabhairt gu mothachadh ar n' amaid-caehd, agus ar 'n anama air an rèubadh le fior bhrón air an son, ciod an seol is cinntiche a ta againn air maithicneas fhaighinn bho Dhia, na lc *nochdadhbàis an Tighearna*, a bhi nochdadhbàis a ris fhulangas searbh do'n Athair, chunis gum bitheadh e, air a sgàthi-san, agus a rèir riaghait a chumhnant annsan, fabharach agus ioelidhmhor dhuinne peacaich thruagha? Tha fhios againn uile gu ro mhath, cia cho mi-chomasach 's a tha sinn air ni math sam bith a dheanadh bh'uaithn' feim, aeh is i an fhèisd neamhaidh so lòn agus beathachadh ar 'n anamanna; tha i toirt beatha agus beothachadh nuadh d' ar rùntaibh diadhaidh, agus a toirt eumhachd agus neart duinn a choilionadh ar dleasnais. Tha sinn lan-dcirlbhte nach urrainn do dh'uile thoileachadh na beatha so am feasd ar sonas a dhceanamh ion-lan; ach tha 'n t-Sàcramaid naomh so a brosnuchadh doehais annain gun deanar sinn eo-ionan ri Ainglibh, agus, leis a so, cha lugha na rioghachd neamhl fein is oighreachd dhuinn. Fèumaidh an duine sin, uime sin, a bhi gun inhothachadh a thaobh a mhath fein, a tha leigeadh seachad aon do na h-ionnsramaidean as fearr gu cuir air aghadh a bhuantachd spioradail: agus ciod is urrainn nithean an t-saoghal gu leir a ghealltuinn duinn ann an eoimeas r' an leithide so do thiodhlaieibh grasmhor? Ni mo a ta e coltaeh gum bi ag duine mothaeadh taingcill idir air na

buaidhean do-labhairt a cheannaehadh air a shon le bàs Chriosd, ma tha e 'diultadh a leithid do dhearbhadh cù-trom air cridhe taingeil a noehdad. Ma tha, uime sin, a bheag sam bith do mheas againn air teann àithn' ar Slanuigh'ir ;—mas àill leinn a chuir an cèill do 'n t-saoghal gur sinn da rireamh deisciobuil Iosa ; ma tha iomguinn oirnn gu cinntinn ann an gràs ; mas i ar miann bhos eionn gaeh uile nithe ar n' inntinnean a bhrosnuchadh elum gaeh uile dhicagh bheùsan Criosdail, feùmaidh sinn a bhi ghnà aig an òrdugh naomh so, bho 'm faod sinn earbsa bhi againn a' maitheanas 'n 'ar peaeainnean, agus uile bhuaidh-ean eile fullangais Chriosd'.

Air dhuinn a bhi aon uair dearbh chinnteach as a eheangal a ta oirnn a echoilionadh an dleasnais so, feùmaidh sinn an aire mhath a thoirt naeh tionndaidh sinn ar cùlthaobh uair air bith ris an òrdugh naomh so. Agus is i riaghaitt ar dleasnais, a thaobh cho tric no cho minic 's a ghabhar e, c'uin air bith a ta deagh fhresadal De a faicinn iomehuidh an eothrom a thoirt duinn. A rèir na riaghaitt so bha gnà chleachdad nam priomh Chriosduinncan. Cha do thionndaidh iad riamh bho Shuipeir an Tigh-earna, c'uin air bith a rinn sin earrann do 'n aoradh fhollaiseach. Is amhuil a ta chùis ann an co-ehomunn na Saeramaid, mar a ta i ann an co-choimunn ùrnughean, agus earrannan cile do dh'aoradh follaiseach, tha e mar fhaiehabh oirnn co-aontachadh annta c'uin air bith a ta an cothrom air an coilionadh air a thraigse dhuinn, mar 'eil baehdad laghail oirnn uathpa. Co air bith, air an aobhar sin, a tha deanamh dearmad air a chomanachadh, agus a' tionnda air falbh bho 'n bhord naomh nuair a ta 'n fhèisd neamhlaidh an sin air a h-ulluchadh, an dara cuid eha 'n 'eil e idir a' tuigsinn a dhileasnais anns a phuinc

so, air no, ma tha, tha e ro mhi-iomlan 'n a coillionadh. Oir, mar a ta an carail roimh' a chomunnachadh ag ràdh. “*Co agaibhse nach smuainticheadh e'nà choire agus 'na èucoir mhoir deanta dha fein, an uair a dh'ullaicheas è feisd shoghail, agus a chomhdaicheas e 'Bhord, leis gach seorsa bidh, air chor's nach 'eil uireasbhuidh air ach na h-aoidhean a shuidhe' sios; agus gidheadh gun aobhar air bith, gun diult iadsan a ghairmeadh, gu ro mhi-thaingeil, teachd.*” Cionnas a chreidear gu bheil fior ghràdh aig duine 'g a Shlannuifhear no mothachadh treibh-dhireach air fhulangais, ma tha e 'diultadh cuimhneachan taingeil a chumail orra, nuair a ta ar Slannuifhear 'ga aithne sin da, agus freasdal Dc ag tairgse a chothrom dha? Co-dhùnaidh mi an ceann teagaisg so le briathran dithis do dh' athraicheadh oirdhcirc na h-Eaglaise, a' cuir an cèill beachd na h-Eaglaise Coitchionn bho 'n Ear gus an Iar mun phuinc so. “A neach sin,” deir N. Crusostom, àrd Olla na h-aird an Ear, “nach 'cil a toirt fasgadh ann fein do chleachdadadh peacaidh aithnichte sam bith, dhleasadh dha gach là teachd a dh' ionnsuidh a bhùird naoimh; ach cha n 'cil e sàbhailt do 'n duine sin a ta sior chleachdadadh peacachaiddh, agus nach dean aithreachas diongmhalt air an son, comanachadh a ghabhail, scadh air an là feàsd is àirde.” Agus deir N. Ambrose, Olla na h-aird an Iar, “Gabh gach là a ni sin a bhios gu d' bhuantachd lìathail: caith do bheatha air mhodh 's gum bi thu iomchuidh air gabhail gach là; oir a neach sin nach 'eil iomchuidh air gabhail gach là, cha mhò a ta e iomchuidh air gabhail aon uair 's a bhliadhna.”

II. ‘San dara h-aite, Nochdam an t-ullachadh a ta feàmail a choilionadh an dleasnais so ann an doigh thaitnich.

‘Nuair a labhram mu ullachadh airson Sacramaid naoimh

Suipeir an Tighearna, tha e 'm bheachd gun deachaidh iadsan leis an àill teachd ga h-ionnsuidh, a thogail anns a chreideamh Chriosdail; gun do ghabh iad orra fein na boidean sòlaimte 'rinneadh air an son aig am baisteadh; gun do theagaisgeadh iad anns gach ni a ta feàmail do Chriosduidh a chreidsinn agus a chleachdad; agus gun do choilion iad ann a seadh àraighe na bòidean sin a dh' athnuadhaich iad cho sòlaimte aig an co-dhaingneachadh. Earalaicheam, air an aobhar sin, air gach neach, mun d'thig iad gun ceùd chomanachadh, an comhairle 'chuir ri'm pears'- Eaglais fein, chum 's gum bi iad lan fhiosrach ciod a seadh anns 'n do choilion iad na cumhnanta sin a leagadh orra, a thaobh creideamh agus umhlachd, agus gum bi iad ni 's fhaide air an ceasnuchadh a thaobh nam buaidhean sin a ta deanadh duine 'na aoidhe iomchuidh aig Bord an Tigh-earna. Air dha so uile bhi air a thoirt fa'near, tha nis an t-ullachadh iomchuidh a' co-sheasamh ann an tuisginn ciod iad nàdur agus crioch a ghniomh naoimh sin, agus ann an dearbh chileachdad nan deagh bhèusan Criosdail sin a tha sinn ag carbsa' shuidhichheadh annta mar stèidh ann an càrsa 'n caithe beatha roimhe so.

Tha *cheùd* earrann do 'n *ullachadh* so a' co-sheasamh ann a sinn *fein a dheanamh gèur fhiosrach agus eolach air crioch agus nadur an t-suidheachaideh naoimh so*: ag ranns-achadh ciod is brigh do 'n ghniomh naomh so, agus ciod a chrioch mu'n d' òrduicheadh an t-Sacramaid bheannuichte so. Air dhuinn an t-colas feumail so aon uair fhaotuinn, tha c na phrionnspal seasmhach annain ris am faod sinn coimhead aig gach comanachadh na dheigh sin; agus air an aobhar sin bu chòir dhuinn an robh fhaicill a thoirt gu suidhich sinn colas ceart mun chùis so ann ar n'-inntinnibhair tùs, do bhrigh gum bi iad ro fhèumail dhuinn fad ar beatha na

dheigh sin : Chum na eriche so, thigeadh dhuinn caeħdraidh suidheachaidh na h-iobairt Chriosdail so a leùghadh gu cùramach, mar a ta i air a cuir a sios leis na Soisgenl-aichibh : agus le N. Pol 'na Litir gu miunntir Chorint, a fhnaidh a ni a theagasc e mun chùis so air ball tre fhoillseachadh bho neamh. Is e so cunntas N. Mhata,—Aii d'ar Slanuigh 'ear, maille r 'a dheisciobluibh, a bhi ag ithe feisid an dol seachad, “*Għlaç Iosa aran, agus bheannu ich* agus bhris sc e, agus thug e da dheisciobluibh e, ag radh, Gabhaibh, ithibh ; 's e so mo chorp-sa. Agus air glacadh a' chupain, agus air tabhairt buidheachais, thug e dhaibh e ag radh, Oluibh uile dheth, oir is i so m' fhuilse an tiomnaidh nuaidh a dhòirteadh arson mhòrain, chum maitheanas pheacanna. Ach a deirim ribh, Nach òl mi bho so suas do thoradh so na fionain, gus an là sin an ol mi e nuadh maille ribh ann an riogħaehd m' Athar. Agus air dhoibh laoidh a sheinn, chaidh iad a mach gu sliabh nan crann-ola.” Tha N. Marcus, N. Lucas, agus N. Pol a' co'-chòrdadh ris a chunntas so, amhain a' euir na dearbh aithne so ris. “*Deanaibh so an cuimhneachan ormsa.*” Uaith so tha sinn a' faicinn, air do Iosa Chriosd ar Slanui'fhear iobairt Iudhael an *dolseachad* a choimhead maille r'a dheisciobluibh beagan roimh fħulangais, gun do shuidhich e Sacramaid a chuirp agus fħola mar an fhior iobairt Chriosdail ann an aite 'n *dolseachad*; agus dh' òrduiħich e i mar riaghħilt trid an guidhear air Athair, ann an aite eaochla iobairtean fuileachdach an lagħ, agus gu bhi 'n a meadħon īrnuiġ-jean agus aħħanaieħ ri Dia anns an Tiomna Nuadħi, mar a bha iad sin 's an t- Seann Tiomna. Chum na eriche so tha ar Slanuigh'ear air tus a' tairgħse suas nan creūtairecan, aran agus fion, do Dhia, mar aidmheil air a riaghla dh eoitchionn, le glacadh arain agus fion na lamhan naomha, le coimhead an

airde gu neamh, agus ag tabhairt buidheachais : agus na dheigh sin, le beannuehadh nan eileamaidean tha e'g andean-amh nan comharraincean, nam *buill-ionaid*, a chuirp agus fola agus 'gan tabhairt d'a dheisciobluibh, g' an ithe, agus gu'n òl, an cuimhneahan airsan. Bi, uime sin, a chrioeh mun do shuidhicheadh Sacraimaid Suipeir an Tighearna, a dhecanadh suas iobairt Chrisdail, leis ami bheil Dia, air mhodh diamhair, a beathaehadh duine aig a bhòrd fèin, mar gheall air a ehaoimhneas agus a chàirdeas da. Chum na criche so, tha aran agus fion air an tairgse do Dhia, a dh'aideachadh gu'r esan Tighearna a ehreùtair-ean. Anns an t-seann Eaglais, leagadh air a bhòrd naomh iad leis an t-sagart (mar a ta air orduchadh agus air a ehleachdadhi gus an là diugh leis an Eaglais Naoimh Choitchionn agus Abstolaich 'g am buin sinn) agus thairgeadh do Dhia iad leis a ghearr ùrnnigh so, “*A Thighearna, tha sinn a tairgse do chuid fein as na thug thu gu fialaidh dhuinn;*” agus air dhoibh, le eoisrigeadh, a bhi air an deanamh nan eomharrainnean, nam *buill-ionaid*, euirp agus fola Chrisd,’ tha sinn, leo sin, a cuir a ris an lìathair Dhe an t-Athair fulangais a Mhie, chum 's gum bi e, air a sgàth san, agus a rèir riaghait a chumhnant annsan fabharaeli agus ioehdmhor dhuinne, peaeaich thruagha. Mar a ta Criod a deanamh gnà cadar-ghuidhe air ar sonne air neamh, le bhàs agus a thoillteannais a chuir a ris an lìathair Athar, 's amhuil, mar an ceudna, a dh'fheùdas an Eaglais air thalamh tighinn gu cathair nan gràs, le Criod’ a noehdadhbh a ris an lìathair Athar ann an diamhaireachdan naomha sin a bhàis agus fhlangais. A ni sin a ta gaeh Crioduidh a deanamh 'n a inntinn agus le ghuth, 'nuair a ta e tairgse ùrnuighean do Dhia an t-Athair tre Iosa Criod, ag ainmeahadh a bhàis agus a thoillteannais, 's amhuil

a thatur a deanamh ann a seirbheis fhollaiseach na h-Eaglaise leis an *riaghailt* so, a dh'aithn' ar Slanuigh'ear mar cho'-chuimhneachan airson.

Tha 'n *tùis*, agus an *tabhartas fiorghlan*, air an ainmeachadh ann a fàideireachd Mhalachi (Caib. i. 11, rann) leis an robh "ainm Dhe r'a bhi mòr am measg nan cinneach," air an cuir, leis na *priomh athraichean* ris an iobairt Chriosdail so, no an t-aoradh solaimte anns an iobairt ghràidh, a theagaisg ar Slanuigh'ear beannuichte d' a dheisciobluibh, a bhi air a choimhead leis na h-uile chreid-mhich 'na ainmsan. Tha 'n *tùis*, ni' a ta ciallachadh ùrnughean na' naomh, ag comharrachadh na h-earrainn spioradail do'n Iobairt Chriosdail, 's e sin, urnuigh, breith-buidheachais, agus co'-chuimhncachan; tha 'n *tabhartas fiorghlan* 'a comharrachadh na h-earrainne corporra dh'i, is e sin a nis, aran agus fion ris am feùdar gu ro iomchuidh *tabhartas fiorghlan* a radh, cha'n e mhain a thaobh Chriosd', a tha so a' ciallachadh agus a' comharrachadh, a tha na iobairt gun smal, gun chiorram, gun choire; ach mar an ceudna a thaobh na fiorgloine coigaise, agus an t-saorsuinn sin bho mhi-rún, leis an robh i r'a bhi air a' tairgse. Oir is ann 's an fhiorghloine chomharrachte so a ta a' múthadh a co-sheasamh eadar an tabhartas Criosdail agus Iudhach: oir cha robh e air a bhacadh do na h-Iudhaich, an iobairtean agus an tiòlacan eile 'thairgse ged a bhitheadh iad ann a' naimhdcanas r'a chèile. Agus tha e ro reùsanta r'a chreidsinn gum bi stèigh a chleachdaidh sin, a *phòg ghraidh*, anns a phriomh Eaglais, chum 's gu nochdadh Criosduinean an comh-ghràdh d'a cheile, agus gun robh iad saor bho mhi-rùn an am teachd am fagus do'n altair.

Be beachd seanairean na-h-Eaglaise gun robh an ta-

bhartas 's an iobairt Chriosdail, an iobairt-ghràidh—a freagairt ann a seadh do dh' iobairtean an lagh. Chreid iad gun dòrduiel ar Slanuigh'ear beannuichte an t-Saeramaid ghràidh so mar riaghaitlùrnigh agus mholaidh do Dhia an ionad iobairtean lionmhor agus fuileachdaich an lagh. 1 Sam. vii. 9, xiii. 12; Ez. vi. 10, &c. Tha e soilleir, bho 'n Seriobtùr, gun robh iobairtean an lagh nan riaghailtean suidhiechte gu gairm air Dia, agus gumholadh agus g' a bheannuehadh airson a thròcairean. Air an aobhar sin, an àite marbhadh ainmhidhnean, agus losgadh tùis leis an robh iada' toirt eliu do Dhia, agus a' gairm air ainm fo 'n t-Seann Tiomna; shuidhieh ar Slànni'fhear, fo 'n Tiomna Nuadh, an t-saeramaid arain agus fhion so, mar riaghaitl leis an tabhairear buidheahas, agus an deanar achanuich rì Athair na ainmsan. Oir mar a bha na h-iobairtean fo 'n lagh nan eomharrainean agus 'n an sgàilean air an iobairt mliòdir air a chrann eheùsaidh, agus a' coimhead ri Criod a bha ri teachd; 'samhuil a ta an iobairt Chriosdail arain agus fhion ag amhare air a h-ais, agus a coimhead ri Criod ehaidh a eheùsadadh.

Bha, mar an ceudna, seann bheùl-aithris am measg nan *Iudhach*, mar a thugadh fa'near le daoine foghluimte, “*Ri linn a Mhessias gu sguireadh gach uil' iòbairtean ach aran agus fion.*” Agus tha an t-Abstol Pol a coimhead ris an tabhartas so, aran agus fion, anns a choimeas a tha e tarruinn eadar Suipeir an Tighearna, agus iobairtean nan Cinneach. 1 Cor. x. 21. “*Cha n'eil e an comas duibh,*” deir esan “*comh-roinn a bhi agaibh do bhòrd an Tighearna, agus do bhòrd dheamhan;*” oir cha n'eil eoimeas no eomh-chòrdadhl sam bith cedar an da chumhnanta.. Nis tha e soilleir gun do ghairmeadh “*bord dheamhan*” dh'e, do bhri

gun robh e air a dhceanamh a suas le biadh a thairgeadh do dhcamhain, agus gun robh iadsan a bha 'g ithe dheth, ag ithe do lòn dheimhan: Air an laimh eile ghairmcadh *bord* an Tighearna d'a bhord san ; cha 'n ann a mhain a chionn gun d' òrduich esan e, ach a chionn gun robh e air a dhceanamh suas le lòn a thairgcadh dhasan. Tha ùghdar na Litreach chum nan Eabhrach, a' ciallachadh a ni ceudna: xiii. 10, “*Tha altair againne,*” deir esan “*dheth nach 'eil còir acasan a bheag itheadh, a tha deanamh seirbheis do 'n phàilliun.*” Uaithe so tha e soilleir gun robh altair anns an Eaglais Chriosdail, a thuillidh air an altair sin a bha anns an teampull Iudhach, agus, air an aobhar sin, iobairt ; cha 'n i mhain iobairt spioradail ùrnuigh agus breith-buidheachais, ach iobairt chorparra arain agus fhion, gu soilleir air a dhearbhadh leis an fhocal *itheadh*. Tha an ceùd sgriobhair Croisdail, an deigh nan Abstol, N. Clement, na Letir gu muinntir Chorint, ag uisneachadh nam briathran “*ag taigse nan tiolae,*” an àite frithealadh na Sacramaid. Agus tha daoine foghlaimte agus cràbhach eile a' dearbhadh gu soilleir, gun do labhair gach aon do na priomh Sgrìobhadairean Criosdail air a mhodh cheudna. Uaithe so bheiream fa'near gu bheil an t-Sacramaid naomh a comh-sheasamh ann an dà earrainn, an Carrann *thalmhaidh*, is iad na h-eilimeidean arain agus fhion ; agus an earran *neamhaidh*, ni is e cumhachd a Spioraid Naoimh ag teachd a nuas aig am a choisrigidh, agus ag naomhachadh an arain agus an fhion, le buaidh dhiadhaidh cuirp agus fola Chrois'd'. Oir, ars' Theodorct, ged a tha “*Comharrainean cuirp agus fola ar Tighearna, an dèigh urnuigh a choisrigidh, air a' mùthadh agus air an caochladh ; gidheadh cha n 'eil iad a fagail a' nàduir fèin,* oir tha iad a fuireach mar a bha iad 'nan

susbaint, 'nan coltas, agus nan cuma, agus tha iad ri fhaicinn agus ri fhaireachdain, ecart direach mar a bha iad roimhe." Agus cha'n e mhain gun deachadh a Sagart, a bha frithcaladh anns a phriomh Eaglais, thairis air cachdraidh suidhcachaidh na Sacramaid naoimh so, a reir an t-Soisgeulaiche, agus briathran so ar Slanuigh'ir a chuir an ceil, "*Is e so mo chorp-sa, is i so m'fhuil-se;*" ach thairg e suas urnuigh a choisrigidh do Dhia, a' guidhe air "gun cuireadh e nuas a Spiorad Naomh air an aran agus air an fhion a bha air a thraigsc dha air altair, agus gu naomhaicheadh e iad air chor gun d'tigeadh iad gu bhi nan corp agus nam fuil a Mhic Iosa Croisd' :" cha'n ann a thaobh an susbaint thalmhaidh, ach a mhàin a thaobh neart agus buaidh spioradail fheola agus fhola naoimh; air an tabhairt do na h-eileamaidean beannuichte, le cumhachd agus oibreachadh a Spioraid Naoimh ag teachd a nuas orra; trid am bheil "corp agus fuil Chriosd' gu deimhinn agus gu cinnteach air an gabhail leis na creidmhich ann a Suipeir an Tighearna." Tha 'n urnuigh so ri faotuinn anns gach aon do ùrnuighean coisrigidh na priomh Eaglaise.

Agus bho 'n a bi crioch na h-iobairt Chriosdail so gu Dia a dheanamh rèidh ruinn, le nochdadhl toilltinnis fulangais ar Slanuighfir dha; is amhuil a' shuidhichheadh i mar chuimhneachan seasmhach air *gràdh neo-chriochnaichte* ar Slànuifhir, ann am bàsachadh air ar son; agus le *itheadh* agus *ol* aig bòrd Dhe, a rèir òrdugh Chriosd, a shuidheachadh 'n ar n-anamana cuimhue air na beannach-aibh do-labhairt ud a cheannaich e air ar son, agus gu co'-roinn ris na h-uile 'ghabhas gu h-iomchuidh i buaidh iobairt san air a chrois. Uaithe so gairmear dh'i "*comanachadh a chuirp agus fhola san.*" Os bar, dh'òrduichheadh i gu bhi 'na boinn comh-aontachd a dhlù-cheangal gach

Criosduidh r'a chèile anns an aon chompanas agus chomh-chomunn. Mar so dh'fhoillsicheadh gràdh neo-chrioch-naichte Chriosda, cha 'n ann a mhàin 'n a thoirt fein thairis gu bàsuchadh air ar son, ach mar an ccudna 'na iochd ri annf huincachd ar naduir, co fada 's gun do "shuidhich agus gun d'òrduich e, diamhaireachdan naomha mar dhear-bhadh air a ghràdh, agus mar chuimhnachan maircannach air a bhàs, chum ar comhfhurtachd mhor agus neo-chroich-nuichte."

Bho 'n a ta ar crann air tuitcam ann an linn leis am miann *còir-chumhachdan oifig na sagartachd* a chuir ann a neo-brigh, agus a ta daoin' eile a' gabhail do dhanadas orra fein cumhnantan a dhaingncachadh agus a shèulachadh ann an ainm Dhè, nach d' fhuair riamh comas laghail air sin a dheanamh ; tha e ro iomechuidh gun d' thùgadh gach duine, a ta 'ga ulluchadh fein airson an òrdugh naoimh so, fa'near cò aig am bhèil comas air an *t-Sacramaid naoimh* so 'a *fhrithhealadh* ; co dhiubh a dh'fhaodas no nach fhaod *duine air bith* sin a dheanamh, co math ris a *mhinisteir* sin a fhuair ughidarris bho na h-abstoil, agus a ta nan luchd ionaid orrasan. Is deimhinn leam gun tabhair am breathnachadh so comhfhurtachd ro mhor do gach fior bhall creidmheach do'n Eaglais Easpuigich a chum a suas, gus an là diugh, scann riaghlaigh nan Abstol, agus am priomh òrdugh a shuidhich iad 's an Eaglais, a ta gu bhi air a riaghlaigh le Easpuig, Sagart, agus Deacon, gu crioch an t-saoghal.

Nis chum sinn fein a dhicanamh cinnteach mu'n chùis so, feumaidh sinn a thoirt fa'near, aig ceùd suidheachadh na Sacramaid so, gun do 'fhrithhealadh i le 'r Tighcarna agus ar Maighistir Iosa Criod ; bheannuich e an t-aran agus a' fion, agus thug e maraon da dhcisciobluibh iad ; agus

b' e fein, mar a ta an t-Abstol a' gairm dh' e, an t-Ard Shagart "thairis air tigh Dhè." Is i crioch na Litreach chum nan Eabhr'uch a' nochdadadh a mhùthaidh a ta eadar an dà *chumhnanta*, nadur na sagartachd Leibhitich agus *Chriosdail*, ciod a fèum a bhà air muthadh bho 'n dara h-aon gus an t-aon eilc, gun robh an t-sagartachd Chriosdail a rèir òrdugh Mhelchisedec; gu'm be ar Slanui'ear Ard Shagart an òrduigh sin, agus *nach do ghabh e an onair so air fèin*; *ach gun do ghairmeadh le Dia* ga h-ionnsuidh e, ceart mar a ghairmeadh Aaron gu oifig fèin. Air bhi do 'n t-Sacramaid mar so air a suidheachadh, agus na h-eileamaidean coisrigte le sagart aig a ceùd fhrithcaladh, lean na h-Abstoil gu mion suidheachadh a' Maighistir; air dhoibh aithn' fhaotuinn "a ni ceudna dheanamh an cuimhneachan airson :" choisrig iad na h-eileamaidean, agus thug iad do 'n t-sluagh iad, mar a rinn csan roimh dhaibhsan. An ceart ni ceudna rinn na h-Easpuitgean, an luchd-ionaid, nan deigh, agus iadsan a dh' òrduich iad. Agus cha do' fhrithealadh an t-Sàcramaid naomh so riamh anns an Eaglais Naoimh Choitchionn ach a mhain air an dòigh so.

Thuille air so, tha nàdur Sàcramaid ag iarraidh gum bi, aig an ti a ta 'g a frithcaladh, òrdugh laghail bho Dhia, chum sin a dheanamh. Oir air bhi do shàcramaidean nan scùlachan cumhnant' a' ghràis, na cumhnanta sin eadar Dia agus duine, a cheannuich ar Slanui'fhear air arson, agus a chomhdhaingnich e lc' fhuil, co is urrain a sheùla chuir ris a chumhnanta so ach an ti sin aig am bhèil coïnas bho Dhìa ghnothaichean a riaghlaigh 'na ainmsan? Air ar taobhnc, a thairgse suas ar n' ùrnughean agus ar 'n achanaich da san, agus air a thaobh san, 'gar beannuchadh, agus gar fuasgladh

bho 'r peacaincan air dhuinn a bhi aithreach, agus a sheùlachadh ar maithcanais anna, lc 'r gabhail a stigh gu comh-pairteachdh do na diamhaireachda naomha sin.

Chum na eriche so bha na h-Abstoil ro chùramach ann an comharrachadh a mach dhaoine maith a sheasamh an àite ann a frithealadh oifig a ministrealachd. Bha an t-Abstol Pol ro dhùrachdach ri Titus “ gu suidhicheadh c seanairean anns gach baile,” agus ri Timoteus “ gun c a leagadh a lamhan gu h-obunn air duine sam bith.” Agus ’na Litrichean d’ an ionnsuidh lc cheile, tha e ’nochdadh gu mion na buaidhean a thigeadh dhaibhsan a bli aca, a bha air an gabhail a stigh gu òrdugh naomh anns an Eaglais. Ann an Eaglais Chorint bha fàidhean agus luchd-teagaisg, luchd-comhnaidh agus luchd-riaghlaidh. Nis ciod a feùm a bha air a mhùthadh ainmean agus staidean so, ’no air a chùram agus an fhaicill so ann a suidheachadh nan caochla staid, mar robh cumhachd àraidh sam bith aca thair a cheile, no ma bha an aon chòir aig na h-uile dhaoine air a’ frithealadh cho math ri ministeirean laghail Dhè? Tha ar n’ Eaglais a’ cuir an ccill gu h-ard nach ’eil comas “ frithealaidh aon chuid focail Dè, no nan Sàcramaidean,” air a thoirt do phrionnsachan, uachdarain, no maithean, do bhrigh ’s nach ’eil còir aca, ni mo a ta iad air a’ sgeadachadh lc comas, òrduighnean naomha a bhualeachadh.

Ach tha cleachdadadh na h-Eaglaise Criosdail bho cheùd thùs a Chreidimh Chriosdail ro dhiongmhalt’ agus theann gu bhi air a ghluasad le briathran gun chomhairle dhaoine amайдeach. Tha N. Clement, a dh’ ainmich mi roimhc, ’na Litir gu miunntir Chorint, ag innse dhuinn, “ nuair a shuidhich na h-Abstoil Eaglaisean rinn iad ccùd thoradh na muinntreach sin a dh’iompaich iad, nan Easpuigean

agus nan Deaeonain thairis orrasan a thigeadh na dhèigh sin. Agus mar a ta aig na Sagairt an t-seirbheis araidh sin air a comharrachadh am mach dhaibh, a bhuineas d' am ministrealaehd ; 's amhuil mar an ceudna a dh'fheùmas gaeh seorsa cile dhaoine an aire thoirt nach d' theid iad thairis air erioeh an dleasnais fèin mar a dh'àithneadh dhoibh." Agus ann an àite eile tha e labhairt mar so, Na dleasnais sin uile a dh'aithn an Tighearna dhuinn a choimhead, thigeadh dhuinn an deanamh gu riaghailteach agus a rèir òrduigh : ar tabhartais agus ar seirbheis dhiadhaidh, a chuir an cèill air amaibh suidhichte. Oir 's amhuil a dh'òrduieh esan, eha n'c gun deanamaid air thuitemas agus gun riaghailt iad ; ach air amaibh agus làithibh sonraiehte ; ciod an t-ionad mar an ceudna, agus cò leis an àill leis-san iad a bhi air am frith-ealadh, chomharraich e fein gu ro shoilleir a reir mòrachd a thoil." Tha N. Ignatius, deisciobul N. Eoin, agus Easpug Antioeh, 'na Litir gu muinntir Smurna ni 's ro shoilleire mun chuis so. "Na deanadh aon duine," deir esan, "ni sam bith a bluineas do'n Eaglais as eugmhais an Easpug. Thugaibh fa'near an comanachadh sin diongmhalt agus daingeann a ta an dara euid air a fhrithealadh leis an Easpug, no leis a neach sin gan d' thug e ùghdarris. C'ait air bith a' nochd an t-Easpug e fein, an sin thigeadh do'n t-sluagh a bhi; amhuil far am bheil Iosa Criod an sin tha an Eaglais Choitchionn. As eugmhais an Easpug cha 'n 'eil e laghail aon chuid báisteadh, no 'n eomanachadh naomh a fhrithealadh. Ciod air bith 'gan dean esan rioghinn is e sin a ni a bhios tátneah lc Dia, chum ciod air bith a nithear gum bi e rèir riaghailt agus ùghdarrais."

Earalaieheim orrasan a ta cho deas gu coire fhaotuinn

do na *Sagarta Criodail*, eeart direach mar a rinn na prionnsachan ecannaireeach gearan an aghaidh Mhaois agus Aaroin, ag radh gu “ bheil iad a’ gabhail tuille’s a ehdìr orra fein ;” agus ag feoraich “ e’ arson a ta iad ’g an togail fein an airde bhos cionn eomhthional an Tighearna,” iad a chuimhneachadh air am peanas-san, agus a thabhairt fa’near eia goirt a dhioghail Dia an rag-mhuinealachd ann an tabhairt air an talamh a bhèul fhosgladh, agus iad fein agus an luehd-leanmhuinn gu lèir a shlugadh suas. Cuimhnieheadh iad erioeh ro uamhasach Chòrah agus a chuideachd.

A ris, Tha ’n *dara h-carrann* do ’n *ulluchadh* so a’ cosheasamh anns na *h-aignean naomha inntinne sin* a ta ’gar deanamh ’n ar luehd eomhpàirt iomehuidh do’n chomanaeadh naomh, agus ’n ar ’n aoidhean taitneah aig bord an Tighhearna. Agus, uime sin, ’nuair a ta sinn a tagradh toilltinneas bàis agus fullangais Criodail ann an lathair Dhe an Athar, anns an iobairt Criodail so, thigeadh dhuinn, anns a eheart am, ar *taingealachd ro bheothail*, airson gach beannachadh ro mhòr a cheannaich ar Slanui’fhear air arson le fhlangais, a nochdad, agus ar mothaeadh beothail air a leithid do chlaoimhneas do-labhairt a chuir an ceil gu follaiseach, do ’n t-saoghal gu lèir. Le *aithreachas cridheil* airson gach uile pheacadh ’g an robh sinn eionntaich ann a smuaintean, am briathran, agus an deanadais; oir bi erioeh a bhàis-san, gu sinne ’dheanamh rèidh rì Dia, le ’r “ *pilleadh bho ’r ’n easaontais.* ” “ Le rùn *diongmhalt* air ùmhlaehd as fearr; oir thug esan e fein air arson, chum gu’n glanadh e dha fein sluagh sonraighe, èudmhòr mu dheadh oibríbh.” Le ’r n-anaman’ agus ar euirp a thoirt gu *h-iomlan* suas dhasan, “ mar iobairt reùsanta, naomh, bheothail ;” oir tha eòir ro eheart aig oirnn, air dha “ sinne

shaoradh le fhuil ro luachmhior fein.” Le gnà oidheirp dol air ar ’n aghaidh anns gach deadh bheùs Criodail a chionn gun do bhuantach e air ar sonne, le toilltinnis fhulangais, gràs agus comhnadh Spioraid naoimh Dhè gu oihreachadh annainn “araon na toil agus a ghniomh ’ga dheadh thoil fein.” Le inntinn ullamh gu rèite dheanamh ris na h-uile a’ thug oilbhèum dhuinn, a chionn, a nuair a bha sinn ’n ar naimhdean ’gun d’-rinneadh rèidh ri Dia sin le bàs a Mhic.” Le gràdh agus iochd neochealgach d’ ar bràithrean, a deanadh na ’s urrainn duinn gu fuasgladh air amhgarra aoin sam bith do thcaghach Criod’ air dha-san a bhi cho fialaidh ann an dortadh fhola ro-luachmhior air ar sonne. Fadheoidh, le *fior-ghloine* ar *rùnntaibh*, a’ coimhead gu gèur ris a chrich mun d’ òrduicheadh an t-Sacramad naomh so, agus cha ’n ann a mhain a lcantuinn cleachdaidh an t-saoghal.

Ach thugaibh fa’near nach ’eil ni ann a so uilc ach na buaidhcan fo bheil sibh ceangailte lc’r *bòidean báistidh*, agus a taimchuidh, ann an cursa caithe-beatha Criodail, gu deadh fheùm a dheanamh do gach aon do mhcadhonan nan gràs. Oir mar dean sin aithreachas n’ ar peacainean lc cridhe ùmhail, aithreach, agus iriosal, mar ’eil sinn deas gu maithcanas a thoirt daibhsan uile a chuir corruiich oirnn, agus iarruidh tre chreidcamh, cha ghabhar, seadh ri ’r n-urnuibhean, no ri ’r moladh aig cathair nan gràs. Bha, gun amharas, *iochd agus deadh-ghean* do na h-ulc dhaoine air an tabhairt daonan fa’near cho ro fheùmail ann a frithcaladh na h-*iobairte Criodail* so, ’s gun robh an deacon, anns a phriomh Eaglais, aig an dorus, na sheasamh a’ glaodhaich am mach lc’ guth àrd, “Na bitheadh a bhcag aig duine sam bith an aghaidh a bhràthar.” An clachdadhbh so shuidhich-eadh air searmoين ar Slanuigh’ir air an t-sliabh. “Ma

bheir thu do thabhartas chum na h-altarach, agus gun cuimhnich thu an sin gu bheil ni air bith aig do bhrathair a 'd 'aghaidh, fag do thabhartas an sin an lathair na h-altarach, agus imich, agus dean rèite air tùs ri d' bhràthair, agus an deigh sin thig agus tabhair uait do thiodhlac." (Matt. v. 23, 24.) Bha 'n earrann so do 'n Scriobtur, ainn a seadh na priomh Eaglaise, mar aig comharrachadh a' mach roimh-laimh, ann a suidheachadh an t-Soisgeil, gu fagadh ar Slanuigh'ear riaghailt air chòir eiginn aig Eaglais an àite, agus a rèir iobairtean an lagh, a thoisicheadh le tabhartas mar a rinn iadsan : agus ag iarraidh so mar bhuaidh àraid agus shonraichte anns an ti' a bha tairgse, '*a bhi ann a sith, agus gun naimhdeanas r'a bhràthair*; Anns a bhuaidh so tha fear do na priomh athraichean gu h-araidh a suidheachadh fior-ghloine tabhartas an t-Soisgeil, air ainmeachadh le Malachi.' Agus a thuille air a so, is e 'n t-aon dleasnas a mhain a tha Scriobtur coltach r 'a iarraidh gu gabhail na Saeramaid naoimh so, *fein-cheasnachadh*. Is i so riaghailt N. Phoil. "Ceasnuicheadh duin' e fein, agus mar sin itheadh e do 'n aran sin, agus òladh e do 'n chupan sin." Nis ma thuigeas sinn so inni cheasnachadh ar n' ananana chum gum bi fios againn am bheil sinn a creidsinn agus a cleachdadh a ni sin a ta air iarraidh oirnn, agus gu ath-leasachadh bho so suas a ni sin a bha 'mearachd annainn roimhe so. Tha so ceangailt oirnn a dheanadh anns gach am, cho math ri roimh an t-Saeramaid. Agus cha 'n urrainn an Criosduidh a bheatha 'riaghladh leis a chùram agus an aire sin a ta air an iarraidh, mu'r dean e so gu tric. Ma rannsaicheas sinn gun leith-phairt, seadh N. Phoil mu 'n chùis, ehi sinn nach e 'n ceasnachadh a ta e' sparradh, ceasnachadh mu'r staid a thaobh Dhia, agus mu'r dleasnas gu coit-chionn, aeh 'ceasnachadh le suidheach-

adh Chriosd', air an doigh air am bhcil sinn ag ithe Suipeir an Tighearna, a rannsachadh a bheil ar giulan a co-chòrdadh ri riaghailtean a suidhichidh, agus ris a chrich mun do shuidhicheadh i. Oir a chuir easg air a mhi-riaghailt a bh'ann an Eaglais Chorint, ann a frithéaladh Suipeir an Tighearna, tha e a' cuir suidheachaidh na Sacramaid naoimh le Iosa Criod nan làthair, chum gun deanadh siad iad fein fiosrach air doigh agus crioch iomchuidh co-pàirtcoachadh dh' i, agus leis a sin gu feuchadh iad an robh an giulan fein aig an àm sin d'a reir. Anns a chùnntas a tha 'n t-Abstol a toirt air suidheachadh Chriosd, tha e tabhairt fa'near nach robh itheadh agus òl anns an t-Sacramaid a deanamh earrann sam bith do dh' itheadh agus òl airson acrais agus tart, ach gu nochdadhbh euirp agus fola Chriosd gu bhi air itheadh agus air òl an cuimhneachan air san, no, mar a ta an t-Abstol fein 'g a mhineachadh "*gu nochdadhbh bàis an Tighearna.*" A thuille air a so tha c feùchainn, gun robh so air a dheanadh leis na h-uile 'a bha làthair, aontaichite ri chèile anns an aon chomunn, aig a cheart am. Tha so uile a 'nochdadhbh ciod a bha 'n ceasnachadh a ta an so air ainmeachadh a' ciallachadh; Bi crioch an Abstoil na mearachdan sin 'gan d' fhuair e coire ann a frithéaladh Suipeir an Tighearna ath-leasachadh. Is ann, uime, sin, d'a reir sin a mhain a dli' fheùmar na riaghailtean a thug e seachad mun chùis sin a mhineachadh, or bi a mhiann muinntir Chorint a thoirt as na mi-riaghailtean sin anns an do thuit iad mu 'n chùis so. Agus mar 'eil cunntas suidheachaidh so Chriosd air a thoirt a stigh an so leis an Abstol chum ceasnachaidh an giulain, agus an riaghlaadh d' a rèir, cha n'cil e furasta' thuigsinn ciod airson a ta e air ainmeachadh.

Uaithe so, ma ta, feùdar a thuigsinn ciod e an gabhail

mi-iomchuidh sin, a ta N. Pol ag dìtcadh ann a muinntir Chorint, agus ciod am peanas a bha ceangailte ris. Be sin an co-pàirteachadh gu mi-riaghailteach agus gun urram do Shuipeir an Tighcarna :—be sin a bhi ag itheadh agus ag òl air doigh mhi-iomchuidh, gun doigh, no erioch an t-suidheachaidh sin a thoirt fainear, gun urram cuibhe thabhairt do chorp an Tighcarna, gun nadur diamhair an arain agus an fhion sin a bha ga nochdadhl a bhreathnachadh. Be cleachdadhl nan Criosduinean ri linn nan Abstol an *fhèisd mholaidh naomh* a ghabhail an deigh am *feisdean graidh* aig an robh am bochd agus am beirteach ag itheadh comhladh le mor stuamachd. Ann an Eaglais Chorint cha d' thugadh so fainear ; cha d' fhuiling iad do na bochdan teachd chum na fèisde coitchionn so, oir ag ithe' dhoibh ghabh gach duine shiupeir fèin a thug e leis, agus mar sin nuair nach d' fhuair am bochd a bheag idir, bha cuid eile cionntach ann an geocaireachd agus ann a' misgeir-eachd : agus bi a chrioch nach “d' thug iad fainear corp an Tighearna.” Cha do chuir iad a bhéag do mhùthadh eadar an t-Sacramaid agus lon cumant' eilc ; eadar a ni sin a bha r' an cuirp a chumail suas, agus a ni a bha r' an anamana 'bheathachadh. Air chor is gum be an t-aran itheadh, agus òl do 'n chupan anns an t-Sacramaid naoimh, gun bhreathnachadh iomchaidh, na ceart, air corp an Tighearna, agus gun a' cuir air leith an arain agus an fhion bho 'n uise chumanta itheadh agus òl airson acrais agus tart,— gum be so *itheadh gu mi-iomchiudh*. B' iad na peasan-asan a lean na ciontaibh so, annfhaineachd, tinneas, agus bàs tiomail, lcis an do smachdaich Dia iad chum nach bitheadh iad air an ditcadh maille ris an t-saoghal mhi-chreidmhreach. Mar so tha e ri thoirt fainear gur iad breitheanais thiomail a ta an t-Abstol a' ciallachadh leis

an fhocal *diteadh*. Ach mar h-oibrícheadh na breithcanais thiomail so ath-leasachadh anna, cha 'n 'eil e air chor sam bith mi-choltach, nach deanadh a leithid do dhi-meas air nithe naomha buailteach iad mar an ceudna do bhreith-eanais shiorruidh Dhè.

Chi sinn nis fhaide, bho nàdur nam peasan sin, gu bheil an ceasnuchadh a ta N. Pòl ag comhairleachadh, a' coimhead ri suidheachadh na Sàcramaide; oir n' am bi a mhi-ionchuidheachd mu bheil e a' labhairt aon chuid di-creidcamh, no aon do na peacainean sin a ta am bichontas nan cuspair ceasnachidh, gun teagamh cha leigcadh an t-Abstol seachad iad gun sin ainmeachadh. Air a chuid a's lugha tha c soilleir, gu bheil peanas nam peacainnean ud mòran ni 's truime na tha Dia a' leagadh orrasan a ta gabhail gu mi-ionchuidh, co dhiubh a ta iadsan a ta cionntach anna 'gabail na Sàcramaid no nach' cil.

Is c, air an aobhar sin, a ni a ta deanamh duine darireamh mi-ionchuidh air an t-Sàcramaid naomh a ghabhail, a thuille' air aineolas air brigh an t-suidhcachaidh naoimh sin, a bhi a' caitheamh a bheatha ann an gna chleachdadh peacaidh aithniechte sam bith, as cùgmhais aithrcachais. Tha teachd a leithid so do dhuine chum a bhùird naoimh na fhanaid air Dia, agus 'na dhi-meas mor air ùghdarras; agus gcd is i miann cuid ùghdarras an t-sagairt Chriosdail a chumail fodha, gidheadh tha cumhachd fathast aige peacaich ghrà nail agus fhollaisceach a chumail air an ais bho bhord an Tighearna. Ach air an laimh eile, tha e r' a thoirt fa'near, gu bheil a staid mhi-aithreach so a deanadh ar n-ùrnughean mar an ceudna 'n an graincalachd do'n Tighearna. A bhi gabhail oirnn bròn a bhi oirnn airson ar peacainean, agus cùl a chuir

riu, nuair nach 'eil mothachadh againn do'n dara h-aon, no a cuir romhainn an t-aon eile 'dheanamh, tha so 'na mhasladh ro mhor d' ar Cruithfhear, le bhi am barail. an dara euid, nach aithne dha ar critheachan idir, no gum bi e làn toilichte le seirbheis nain bilean a mhàin, ged a ta ar cridheachan fada uaithé.

Tha staid ann, gun amharas, anns a feud duine 'bhi *iomchuidh* air a bhi lathair aig ùrnuighean follaisceach na h-Eaglaise, agus gidheadh mi-iomehuidh air teachd chum na h-altarach; is i sin, 'nuair a ta duinne air tùs ag èiridh tre aithreachas neo-chealgach bho thuiteam trom ann am peacadh grànciel sam bith, thigeadh dha ceud mhuthachadh a bhròin aithrieh a nochdadh ann an ciosnachadh a thruaileachd agus ann a fein-àicheadh, agus tha beagan tiom feumail a dhearbhadh treibh-dhireas a phillidh gu dhileasnas. Tho so mar an ceudna a' cordadh gu h-ionlan ri riaghait na priomh Eaglaise, oir co air bith a th' fluaradh ann an cionnt' ghràineil sam bith, chumadh air ais c bho 'n chomanachadh a bheag no mhor do dh'ùine, reir nadur na cionnta sin. Air chòr 's gu bheil e ro iomchuidh, anns na h-amaibh mi-shuidhichte agus mi naomha so, do 'n aithreach iriosal smachdachadh Criodail oibreachadh air fein. Oir cinnteach cha 'n 'cil e ael rèsanta gun d'thugadh muthachadh cionnta throm sam bith anns an do thuit sinn oirnn sinn fein a striochdadh agus irioslachadh cho mor 's gum bi sinn ullamh agus toileach air a leithid do pheanas a leagadh oirnn fein, 's gun tuig sinn gu bheil sinn mi-iomchaidh air comh-pairteachadh anns a ghniomh is ro àirde agus is ro sholaimte do chreideamh.

Ann am briathran goirid, is e uidheamachadh as fearr airson na Sacramaide oidheirp dhiongmhalt a thoirt air ar beatha' chaitheamh anns gaeil pone a reir a chreidimh

naoimh a tha sinn ag aideaehadh. Oir tha acasan a ta ga rireamh a' creidsinn anns a chreideamh Chriosdail, agus gu treibh-dhireah a eaitheamh am beatha a rèir teagasg agus riaghailt soisgeil an Iosa bheannuichte, ulluchadh diongmhalt a ta gan deanamh iomchuidh air comh-pàirteachadh do 'n ordugh naomh so, agus is e an dleasnas sin a dheanamh gaeh uair a ta an eothrom air a thoirt daibh. An uair a ta roi-'shealladh aca air an eomunnaehadh, bu ehòir dhoibh an lochran a lasadh, staid an inntinnean a rannsaehadh, an aithreas athenadachadh, an iochd a noehdadh, an aoradh a mlieudachadh, an aigneann a dheanamh spioradail ; agus, chum na eriche so, thigeadh dhaibh dol a leth-taobh bho 'n gnothaichean agus an toileachadh saoghalta, eho fada 's a leigeas an staid leo sin a dheanamh, chum 's le urnuigh, traosg, agus dèirc, gum bi an inntinncean air an ardaehadh gu blas fhaghail air nithe spioradail. Aeh air bhi do dhuine anns a staid choitehionn ulluchaidh so, thugadh e an ro aire nach eaill e eothrom air an t-Saeramaid naoimh a ghabhail do bhrigh, a reir a bharail, nach do echoilion e an t-iomlan do 'n ulluchadh sin a ehir e roimhe mun gabhadh e i.

III. San treas aite. Bheir mi oidheirp air freagairt a thabhairt do 'n mluinntir sin a tha 'euir an aghaidh comanachaидh tric.

Leithsgeul I. Is e an ceud leithsgeul a tha tachairt oirinn anns a e huis so, gu bheil daoine mi-iomehuidh air an t-Sacramaid naoimh a ghabhail, agus uime sin ma thig iad am fagus do dh'altair Dhe, gun ith agus gun òl iad ditcadh dhaibh fein.

Freagairt. Ma se so leithsgeul neach a ta caitheamh

a bheatha ann an cùrsa aing'eachd, gun teagamh, fad 's a ta e 'euir roimhe leantuinn mur sin, tha e ro mhi-iomchuidh air teachd am fagus do na diamhaireachda naomh' sin. Fad 's a ta daoine toirt dubhlan follaiseach do Dhia Uile-chumhachdach, a' bristeadh uile laghannan, agus a'euir cùl ri uile thairgsean ath-reite, cha bu chòir dhaibh a bhi air an gabhail a stigh mar aoidhean aig altair naomh Dhe. Agus nam bitheadh ùghdarris na h-Eaglaise, snidhichte mar a ta e ar laghannan Chriosd' agus a chuid Abstol, agus gu soillier air a mhìneachadh dhuinn le cleachdadhl na priomh Eaglaise, air aiseag air ais a ris, thilgte agus ghearrte'mach bho cho-chomunn Chriosduinean an leithide so do pheacaich rag-mhuinealach, agus cha ghaibhte' stigh a ris iad gus an d' thugadh iad dearbhadh follaiseach air am bron agus an aithreachas. Ach cha 'n 'eil duine nach fhaic air ball diamhanas agus faoincachd an leithsgeil so. Oir cha 'n urrainn e bhi gun gabh aon chionnt 'leithsgeul cionnta eile 'chuir an ginomh.

Ach mas ann bho dhaoine cràbhach, diadhaidh, a thig so mar leithsgeul gu fuireach gun a bhi ghnà aig an iobairt Chriosdail, thigeadh dhaibh a thoirt fainear ma leanas iad a chùis mar so, gum bu chòir dha an eumail bho chommanachadh idir. Oir ma ghabhas daoine am focal *mi-ionchuidh* ann a seadh teann, mar a 'coimhead ri sluagh nach 'eil air aon chor airidh air na buaidhean mora a ta air an tairgse agus air am buileachadh anns an t-Saeramaid naoimb, cha bu chòir do dhuine sam bith a gabhail idir, do bhrigh 's nach airidh duine air ni sam bith aig laimh Dhè, agus gu mor nis lugha na buaidhean ro luachmhor sin a cheannachadh air ar son le bàs Chriosd'; agus gidheadh iadsan a ta gabhail an leithsgeil so, gabhaidh iad do mhisнич na thig air feisdean solaimte chum nan diamhair-

eachda naonicha sin. Tha e ro iongatach cionnas a ta an leithide so 'a toirt am barail air a' mi-ionchuidheachd fein gu co-chòrdadh ri 'n cleachdadhl air na h-amaibh solaimte so ; no, an e gu bheil barail as fearr aca dhiubh fein aig na h-amaibh sin na bhuiteas do dh'irioslachd Chriosdail al-trum ? Ach tha c r'a thoirt faincar gu bheil mùthadh mòr eadar a bhi airidh air an deagh ghean agus chaoimhneas sin, agus gabhail riu ann an doigh ionchuidh agus airidh. Feudaidh e bhi nach toill sinn uain fein aon do na buaidhean sin a bhulicheadh oirnn' ; agus gidheadh ma ghabhas sinn riu le fior mhuthachadh taingealachd, ag aideachadh fialaidheachd an Fhir-tabhairt ; le faireachdain trom air ar mi-fhiachalachd fein, ag aidmheil gu bheil iad fada thairis air ar toiltinneis, le cùram diochallach gu gabhail riu anns an t-seadh agus anns an doigh a dh' drduichheadh, agus a' cuir romhainn an luigheachd as fearr a ta 'n ar comas a thairgse nan èiric ; feudar a radh, mar so, gu bheil sinn a' gabhail ris na beannuchaibh so air dhoigh ionchuidh, ged a tha sinn gu h-iomlan mi-airidh air na buaidhean iad fein.

An 't-itheadh agus an t-òl gu mi-ionchuidh,' air a dhiteadh le N. Pol anns na Corintianaich, mhinich mi a cheana, maille ris a pheanas a ta ecangailte ris. Agus gun amharas, ma bheirear gu suidhichte faincar e, eùtrom-aichidh e an t-eagal sin a ta gu ro thric a' lionadh an anama chràbhaich, air chor 's ma tha iad da rireamh mun chuis, gun aom e an fheagal chum an taobh cheart, is e sin, eagal Dia a bhrosnuchadh gu feirg, le bhi fagail *aithne theann* ar Slanuigh'ir, a leag esan air gach uile Chriosdaidh gun choi-lionadh.

Is ni faoin a bhi am barail gu fèum sinn a bhi *iomlan*, agus teachd gu làn fhoirfeachd Chriosdail mun d' thig sinn

gu comhpàirteachadh do nà diamhaircachida naomha so; is leoир c ma 's i ar n' oidheirp dhùrachdach a bhi mar sin; agus ma tha a chùis mar so chi sinn gur h-e gnà chleach-dadh a chomanachaídh naoimh a meadhon is ro èifeachd-aiche chum na criche so. Tha sinn an so ann an gleann dhèur; c'ait an iarr sinn comhfhurtachd ach bho thobar gach uil' aoibhneis agus fhior thoileachaidh. Tha sinn air ar cuartachadh le lionmhorachd bhuairinnean, c'ait am faigh sinn neart gu cuir nan aghaidh ach ann an tigh-armachd Dhè? Tha sinn air ar claoïdh le trom ealaich chaochla annfhuineachda, agus air uairibh, le mi-churam agus dì faire a teachd gu bhi 'n ar craoich do 'n bhmair-eadair, ciod a ta cho iomehuidh air smal peacaidh a nigheadh air falbh, ris an fhuil phriseil ro luachmhor sin a dhòirteadh chum na ecart chriche so? Air chor 's gu bheil, seadh mothachadh ar mi-fhiachalachd, gu ecart air a thoirt fainear, a' beothachadh ar 'n eùid, gu teachd dlù air an Altair gu tric, chum gun deanar ni 's fearr sinn.

Leithsgeul 2. Tha cuid a ris a gabhail orra, gu bheil gnà uisncachadh na Sacramaid naoimh ullamh air an urram agus a mheas sin a thigeadh do dhaoine altrum ga taobh a lughdachadh.

Freàgaire. Tha an leithsgeul so gu h-iomlan ag èiridh bho bheachd dhaoine mu shluagh agus nithe an t-saoghal so, gu bheil tricead ar conaltraidh agus ar comuinn riù a' lughdachadh ar mcas agus ar 'n urram dhiubh. Cha 'n 'eil iad a tabhairt fa'near gu bheil a chùis gu h-iomlan air atharrach so a thabh nithe spioradail, is e an gnà uisncachadh meadhon is ro choltaiche air ar 'n àrd urram agus mheas dhiubh a mheudachadh agus a neartachadh. Tha seilbh neo-àtharraichte air nithe math an t-saoghal so, gun

amharas, an cummantas a lughdachadh ar meas dhiubh, do bhrigh gu bheil sinn deirbhte nach d'thoir iad daonan inaille riu an sonas a ta iad a' gealltuinn ; ach mar is mo, agus is trice, a chleachdas sinn nithe spioradail chi sinn gun tabhair iad toradh comhfhurtachd uapa fada bhos cionn ar n' earbsa, agus nach comasach do 'n duine shaoghalta 'a thuigsinn. Mar is mo ar n-eolas air daoine, 'sann is soilleirc a chi sinn an annfhaineachd agus a' mi-ionlanachd ; am feadh 's a dh'fhuir'eas sinn am mach uapa chi sinn a mhàin soillse an deagh bhuidhean, ach air teachd dhuinn nis fhaisge ann an eolas orra, air ball chi sinn am mearachdan. Tha, air an aobhar sin, ar mion-eolas air a chuid a's fearr do dhaoine ullamh air a mhicas a bha againn roimhc sin orra a lughdachadh, do bhrigh gu bheil an deagh-bheusan is maisiche air a miosgnachadh le annfhaineachd agus mearachdan. Ach mar is trice a thig sinn an lathair Dhe 'na orduighnean naomha, is ann is mò a bhios ar 'n urram air ionlanachd dhiadhaidh san air àrduchadh, agus is mo a chuireas sinn romhain sinn fein a dheanamh coltach ris-san. Oir mar is mo a bhreathnaicheas sinn air Bith a ta ro ionlan ann fein, agus a ta làn do mhaiteas neo-chrioch-naichte 'gar taobh-ne, is ann is mo agus is àirde a dh'èircas ar miagh agus ar 'n urram dhà ; oir is e mi-ionlanachd, no mcang, no failinn, fhaotuinn am mach, far an robh sinn am beachd nach robh iad r' am faotuinn, a ta lughdachadh ar meas, agus a brosnuchadh ar tàir.

Leithsgeul 3. Tha euid eile a cumail a' mach gu bheil a bhi gu tric agus gu minic a' comh-pàirteachadh do 'n chommanachadh naomh a lughdachadh na buaidh agus na buantachd a ta'sruthadh bho 'n t-suidheachadh naomh-sin.

Fraigairt. Tha an leithsgeul so air a shuidheachadh air

aignean mi-shona dhaoine a tha ro ullamh gu mor mheas a bhi aca air nithe a tha teare agus mi-chumanta, aeh gu sealtuinn thairis, no air a chor is lugha, a choilionadh gu h-eutrom agus gu faoin, nithe is ro chudthromaeche brigh, do bhrigh gu bheil iad bitheanta agus tric r' am faotuinn. Ach ma tha eagal tuiteam 'na leithid so do dh'annf huin-eachd 'na reùsan diongmhalt gu fuireach bho chommanachadh tric, tha e mar an eeudna 'na reùsan a cheart cho làdir gu fuireach bho urnuigh thric, a ta riaghailtean an t-soisgeil ag innse dhuinn a ta feumail; agus, uime sin, mar le bhi 'g ùrnauigh gu trie a thig sinn gu foghlum, fa'dheoidh ùrnauigh dheanamh gu math, is amhuil le gabhail na Saeramaid naoimh gu tric a tha an t-èud agus an ciocras sin gu soilleir a meudachadh a ta cho ro ionchuidh chum gabhail le buantachd. Mar 'eil sluagh a faghail buantachd bho chommanachadh gu tric, fcùmar a choir leagadh air faoineachd an caithe-beatha, agus air am mi-chùram ann an ceasnachadh an eogaisean. Air dhaibh an staid fèin a sgrùdadadh gu mion, ma gheibh iad peacadh uaigneach sam bith annta fein, airson nach d' rinn iad aithreachas, di-chuimhne ghnàthaichte sam bith air an dleasnas, feumaidh iad a chas-bhaeaig so an aghaidh buaidh-ean gràis a chuir as an rathad. Agus, an deigh so a dheanamh, ma ta iad fathast a' gearan, feumaidh iad a thoirt fa'near ciod a ta iad a' eiallachadh le di-buantachd; oir tha e cinnteach, ma bheir sinne maille ruinn aigneann ceart inn-tinne, gu bheil corp agus fuil Chriosd anns an t-Saeramaid na àrd bhuantachd agus èifeachd dhuinn. Ma tha sinn fior aithreach, sèulaichidh so maitheanas ar peacainean dhuinn; ma tha sinn treibh-dhireach, daingnichidh e ar rùntaibh; ma tha sinn a' creidsinn, neartaichidh e ar creideamh; agus ma tha sinn da rireamh, agus gu dùr-

achdachl's a chùis, brosnuichidh e ar 'n iochd. Ach ma tha sinn ann am barail gu feùm e gach uile mhi-iomlanachd a ta ceangailte ri annfhaineachd ar naduir a leigheas, tha sinn d' ar mealladh fein. Tha chuid as fearr do Chriosd-uinean ag osnuich fo rag-mhuinealachd agus laigsinn nàduir choirbte. No ma tha fiuthair againn do ghnà ris na teas aoibhnis neamhaidh a ta Dia 'faicinn iomchuidh air uairibh fhoillseachadh d'a shcìrbheisich fhirinneach agus chràbhach, tha sinn tuille is dàn : feùdaidh Dia ar roimh-blàs so air sonas a dhìultadh dhuinn gu'r cumail iriosal. Agus mar 'eil Dia 'ga nochdadadh fein duinn a rèir na slighe agus na doigh is miànn le 'r reùsan faoin-ne, cha d' thig e dhuinn a chionut a leagadh air an òrdugh naomh-so : a ni sin, gun teagamh, is e ann fein am meadhon is ro èifeachdaich gu 'r deanamh firinneach agus iochdmhor, cràbhach agus diadhaidh. Agus iadsan a ta an gèur-mhòthachadh aig an altair ag èiridh bho ainmigead a' nochdadadh aig a bhord naomh, tha mor reùsan aca air aideachadh gu bhéil tcareas agus mi-chummantas a ghniomh a toirt tuille aomaidh orra 's a ta bhuaigh dhiadhaidh a ta sruthadh uaithe a deanamh. Coltach riusan nach 'eil ach ro ainmig ann an conaltradh dhaoine ro mhòr agus àrd-innbhich, tha an t-urram a ta aca 'gan innbhe ard ag èiridh bho dhi cleachd-aidh a bhi na leithid do chonaltradh nis inò na bho am meas air am fior mhòrachd agus fhiachalachd. Air chor as gu bheil an sluagh so moran ni's coltaich r' a bhi fo chumhaichd nàduir, n a tha iad r' a bhi fo bliosnuchadh gràis.

Cha n 'eil neach sam bitl d' an aithne chùis nach aidich gum b' iad na linntean sinn anns an robh an commanachadh air a fhrithicaladh agus air a ghabhail do ghnà, linntean bu ro chràbhais do 'n Eaglais. Cha robh riamlì urrad

do theas agus do dh' fhior oibreachadh diadhaichd san Eaglais 'sa bha innte an uair a chruinnich na creidmlieh gach là an ceann a cheile aig *bord an Tighearna*. Agus anns a chunntas a ta againn air na naoimh a bu ro airde 'nam measg, cha robh a h-aon riamh dhuibh a thug barrachd ann a' subhaileean beatha Chríosdail nach do chomh-arraich a' mach e fcin mar an ceudna ann an gnà bheathachadh anama aig an fhèisd neamhaidh so.

Ni h-eadh, tha misneach agam a thogail na cùise ris na h-anamana naomh sin a ta caitheamh am beatha ann a mothachadh teann air an dleasnas 's a chùis so, 's a ta deanamh greim air gaeh uile chothrom a ta freasdal De a' tairgse dhaibh, a chumail eo-ehuimhneachain air gràdh do-labhairt am Fir saoraidh, aig uchd bàis ; nach 'eil iad g am faireachdain fein ni's diongmhalt a euir rompa a bhi firinneach nan uile ghnothaichean, agus nis ullamh gu fuasgladh air uireasbhuidh nam bochd ? Nach 'eil am miannan sao-ghalta a' call an greim orra, agus an iarrtais neamhaidh a einntinn ni's laidire agus ni's beothala ? Nach 'eil an aignean ni's ciùine, agus am foighidinn agus an ùmhlaehd do thoil Dhe ni's soilleire r' am faicinn ? Nach 'eil iad a faireachdain gu bhcil an gràdh do 'n bheatha so air lughdaehadh, ni's lugha càram mu fhaoineachd, ni's lugha iarrtas air gloir dhiamhain, ni's lugha èud mu bhuantachd, agus ni's neothar-thoirteil mu gach ni air a bheil ro inheas aig an t-saoghal ?

Leithsgeul 4. Ach a deir cuid eile. “ Gu feudar gu ro cheart leithsgeul dhaoine aig am bheil moran ghnothaichean a bliuineas daibh fèin no do dhaoin' eile, daoine a ta ri obair agus saothair airsan an lòin lathail, a ghabhail bho chommanachadh do ghnà, do brigh nach 'eil ùine aca air uidhlecamachadh air a shon.”

Freagairt. Ciod air bith gnothaichean a ta aig duinc, ged a ta iad laghail nan nadur, ma tha e air a shuaimhncadh annta cho mar 's gu bheil iad 'ga tharruinn bho chùram anama, is e dhleasnas an leigeadh dheth; do blàirigh gu bheil slàinnte ar n-anamaibh ni's ro chud-thromaicne na nì sami bith a bhuineas do 'n t-saoghal-so, agus cothrom-aichidh an duine glie gach ni a reir fhiach; cha chuir e seachad ùine air faoineachd, agus na nithe is ro chud-thromaicne a dhi-chuimhneachadh. Creideam gur h-i miann na muinntreach sin a ta tagradh an leithsgeil so a bhi sabhailt; is èiginn daibh, air an aobhar sin, aideachadh gur iad an anamna' is ro luachmhoire u' an cuirp, agus gu feùm iad gun teagamh ùine fhaotuinn air bàs fhaghail, cia sam bith cho mi'-chùramach agus mi-sgoinneil sa ta iad ann an uidheamachadh gu h-iomchuidh air a shon. Ach, a thuillc air so, cha 'n 'eil mi-chordadh sam bith cedar curam iomchuidh ar gnothaichean aimsireil, agus ar dleasnas do Dhia. Feudaidh neart ar gnothaichean, maille r 'ar 'n obair agus ar saothair lathail, agus ar dleasnais chreidniheach, dol lainli air laimli le cheile, ma tha iad air an riaghlaigh a reir prionnspal Criodail. Oir ged nach 'eil urrad chothrom aig an leithide so do dhaoine air ulluchadh àraidh a dheanamh, gidheadh feudaidh iad an t-iomlan do 'n ulluchadh choitchionn sin a bhi 'aca is cùnait agus steigh na cuise. Ni h-eadh, ma tha iad a' dol trè an gnothaichean agus a' coillionadh an oibre le cogais ghlain, tha so na ùlluchadh ùrramach gu gabhail na Sacramaide. Tha an duine sin a deanamh seirbhcis do Dhia a tha diochallach na ghairni agus na shaothair, agus a tha toirt fainear cothrom agus ceartas na uile ghnothaichean; an uair a ta e frithcaladh gnothaichean a bhuineas do dhaoin' eile le firinn agus le onair, gun a bhi reic no a cleithi ceartais, gun sàruchadh

air a cho-chreutair, agus gun onair, ceartas, no dleasnas, iobradh gu fhois no gu bhuantachd fein, no a mhaighist-irean gu h-eucarach. Agus mar is ino na cunnartam agus na buairinean 'ga bheil e buailteach, is ann gu mor as mo fhèum air gràs agus comhnadh Dhe, a tha gu pait air am builcachadhl anns an òrdugh naomh so. An uair a ta sinn ag imeachd air slighe a ta buailteach do dh' fhoirneart luchd-rèubainn, is toil leinn companaich làidir agus dhiong-mhalt, air an deagh armachd, a bhi maille ruinn, chum gur h-ann as fearr a theasraigeas sinn sinn fein. Samhuil direach a thachair do 'n fhear-ghnothaichean agus oibre, ma tha smuaintean suidhichte idir aige inu shaoghal eile, thigeadh dhà gu ro àraighe greim a dheanamh air gach cothrom, a bheir dìdean dhà bho gach cunnard a tha gach là ga chuartachadh, agus a bhios na dhaingneach làidir dha an aghaidh na naimhdean gèur-shuileach a ta nan luidhe bho's n'-iosal gu sgrios. Oir mar is e an dleasnas-san, aig aon bheil pailteas ùine air an laimh, teachid gu tric chum a chommanachaiddh naoimh, mar an leasachadh as fearr air an tiom ; 'samhuil is e an dleasnas-san a ta ceangailt ann a moran do ghnothaichean agus shaothair lathail an t-saoghal so, teachd gu tric chum na Sacramaide, chum gu foghluim iad an saothair uile agus a toradh a naomhachadh.

Leithsgeul 5. Tha cuid eile am barail "gu bheil iad a' coilionadh an dleasnaidh anns a chùis so ma tha iad a' co-aontachadh ri aithne na h-Eaglaise, a ta ag iarraidh trì uairean anns a bhliadhna, ga bheil a Chàisg gu bhi 'na h-aon, agus mar so tha iad a' smuainteachadh gu feudar an lithsgeul a ghabhail bho chommanachadh gu tric."

Freagairt. Tha iad so a ta euir an aghaidh commanachaiddh tric gu h-iomlan air am mealladh mu sheadh na h-Eaglaise anns an riaghailt so, a ta, 'na h-earailean, gar brosnuchadh

gu commanachadh tric; agus air an aobhar sin, a ta toirt cuireadh dhuinn, air a chuid as lugha, uair 'sa mhios anns a chuid as mo do dh' Eaglaisibh, agus ann an euid gach Domhnach, agus gach là naomh; gu h-àraidh ann an ard Eaglaisean nan Easpuigean, far an bheil e air orduchadh do gach Sagart agus Deacon air a chuid as lugha ghabhail air gach Là an Tighearna, mar 'eil aobhar reusanta an aghaidh sin a dheanadh. Is e ùile na deir i, gur còir do Chriosduinean an commanachadh a ghabhail air a CHUID AS LUGHA tri uairean anns a bhliadhna, mar gum be sin an t-aircamh *bu lugha*; is e sin, an rud as lugha a ta feàrnail gùr comharrachadh 'n a'r Criosduinean; agus mar d' tabhair sinn faincar an t-aircamh so is lugha, tha sinn a' toilltinn a bhi air ar gearradh am mach bho 'n chorp, 'ga bheil Criosda na cheann, agus 'gar deanamh fein buailteach do dh'achmhasan na h-Eaglaise, ni, gu ceart air a fhrithhealadh, a ta ro uamhasach. Thoir faincar, a leughadair! ma tha lèigh ag innse do dhuine gu bheil direach an urrad so do lòn do-sheachnaidh feàmal a chumal na beatha ann, ma dh'ithcas e ni 's lugha na so, nach 'eil e, cha n e mhain, a' euir a shlainte ann an cunnart, ach tha a mar an ceudna ann an cunnart dol bàs a chion bidh. Nis an abair thu gu bheil aig duine, a ta 'ga chuthangalachadh fein mar so, gràdh do bheatha; no an urrainn daibhsan aig am bheil càil, no stamac nadurra, a'm beatha a chumail suas, no idir a shincadh, fo leithid do riaghait; 'Samhail direach a chùis 'n ar beatha spioradail. Tha comunachadh tri uairean 's a bhliadhna 'gar cumail bho bhi air ar gearradh am mach bho chorp Criosda, ni is e beatha a Chriosduidh. Mar 'eil sinn 'n ar buill do 'n chorp, cha 'n urrainn duinn ann an doigh chummanta sam bith comhoàirteachadh do bluaidhean caoimhneil a

chiinn; ach cha leoir so idir chum ar deagh-bhith. Is comharradh e nach 'eil sinn ach na 'r Criosduinean ro lag agus mhi-ionlan ma ta ar càil don lòn spioradail so cho anfhann; is comharradh e nach 'eil ar blas do nithe Dhè ach fann. Cuimhnichcamaid air dealas nam priomh Chriosdainean, aig an robh comh-chuimhneachan ar Slanui'fhir 's an iobairt mholaidh na ghna earrain 'gan aoradh follaiseach. Mar a shearg a plriomh dhiadhaichd as, 'samhuil a thugadh fainear na meadhanan gu beathachadh ni b' ainmice; agus be droch caithc-beatha nan Criosduinean, agus am mi-churam mun chommanachadh a thug air an Eaglais an ceangal gu ghabhail aig aмаibh àraidh, fo pheanas an gearradh am mach gu h-ionlan. Am bheil e tlachdmhor do dhuinc, aig am bheil mothachadh idir do dh'oirdheireccas an t-suidheachaidh Chriosdail so, aig am bheil suim sam bith ann am buaidh a bhi 'na dheisciobal an Iosa cheùsda; curam idir 'ga shlainte; iarrtas air a bli ionlan, mar a ta Dia ionlan; a leithsgeul fèin a ghabhail, gu fuireach air ais bho dhleasnas fiachnaichte, le riaghait a thugadh a stigh agus a sparradh air an Eaglais, le mi-naomhachd Chriosduinean mi-chùramach? Cha leoir e idir gu bheil sinn nar Criosduinean. Feùmaidh sinn cinntinn ann an gràs. Feùmaidh an duine le Dia 'bhi air a dheanamh foirfe. Air dhuinn a bhi aon uair deirbhte dhe so, an feasd cha di'-chuimhnich sinn commanachadh tric; oir is e so an t-aon mheadhon is ro èifeachdaiche gu greim flaghail air an fhoirfeachd sin.

IV. Sa cheathramh aite, cuircam 'n 'ur lathair, ann am briathran goirid, na mor bhuaidhean a ta' sruthadh bho chommanachadh tric.

Tha ar gna mhiosgnachadh ann a nithe aimsireil, ar bàigh ri aigneal agus toileachadh na feola, ro dheas air ar n-inntinnean a tharruinn air falbh bho smuaintean cràbhadh, agus a lughdachadh na beothalachd agus na seasrachd sin a thigeadh dhuinn a nochdadhl anns an aon ni fhcumail. Nis tha commanachadh tric a' eumail mothachadh beothail creidimh ann ar n-inntinnibh, agus gam beothachadh le ùr neart agus chumhachd a' choilionadh ar dleasnais. Is e so beathachadh iomchuidh ar n' anainna, as eugmhais nach urrain duinn ar beatha spioradail a chumail suas, ni's mo na 's urrain duinn ar beatha ainsireil a chumail suas as eugmhais itheadh agus òl.

Co fad 's a ghiulaineas sinn na cuirp annfhan agus pheacach so maille ruinn, bithidh an saoghal, an diabhol, agus an fheoil, gnà naimhdean sin ar fior shonais, a toirt sior ionnsuidh air ar deagh-bheùsan, agus dian oidheirp air ar neo-chiontachd a thruailleadh. Nis is e commanachadh tric *iocshlainte is cumhachdaiche an aghaidh an uile bhuaireinnean*: le ciosnachadh ar n' aigneal, agus a' deanamh ar rùnntaibh spioradail. Oir eionnas a ghèileas sinn do thoileachadh peacach sam bith a chèus Tighearna na gloire, no a' shuidhicheas sinn ar cridheachan air ni bàsinhor sam bith, 'nuair is e Dia mhàin a ta ag toilltinn, mar a ta e ag iarraidh, an duine gu lèir?

Tha aon do na còraichean is ro dìrdhearg a bhuineas do 'r n' aidmheil Chriosdail a' co-sheasamh ann a bhi air ar deanamh 'na 'r buill do chorp diamhair Chriosd, trid nam buaidhean sona a ta sruthadh da 'r n-ionnsuidh bho 'r ccann: agus thia ar sonas a eo-sheasamh ann a seilbh fhaotuinn 's a bhuaidh bheannuichte so. Nis tha commanachadh tric a' cumail suas na h-aonachd spioradail so gun bhristeadh eadar Criod agus gach uile Chriosduidh

firinneach: le comh-roinn maithcis agus iochd, air a thaobh san, ann a mathadh ar peacainean, a' neartachadh ar deagh bhèusan fann, agus a tabhairt dhuinn aoibhncis neamhaidh agus roi-bhlas air sonas: agus air ar taobh-ne, le sior ghuiomhara aoraidh agus taingealachd, gràidh agus urram, ùmhachd, agus striochdad 'ga thoil naomh san, agus a' cuir romhainn gu treibhdhireach gum buantaich sinn gu seasrach agus gu diongmhalt 'na sheirbheis.

Tha sinn lan deirbhte, bho 'r mothachadh fein, le cion-faire, no neart buairidh, nach 'eil c' nar comas daonan seasamh direach. Gu bheil sinn a' deanamh na nithe sin nach bu chòir dhuinn a dheanamh, agus a' fagail gun deanadh no nithe sin a bu chòir dhuinn a dheanadh. Nis tha an t-Sacramaid naomh a deanadh ar n' aithreachais foirfe, agus a seulachadh agus a daingneachadh dhuinn maitheanas ar peacainean: a leigheas a suas nan lotan sin a rinn ar n' amaideachd fein 'na 'r n-anamaibh, a' cuir ruinn gu h-àraidh an toillteannais sin a dh'oibrich ar Slanuigh-ear air a chrois, agus a' buileachadh oirnn buaidhean na h-iobairt uile-luachmhor sin, trid am bheil sinne, peacaich thruagha, a' seilbheachadh deagh-ghean agus rèite ri Dia an t-Athair.

Ann an gleann so nan deùr, is iad bròn agus àmhgharra gu tric crannchur nan daoine a's fearr. Nis c'ait am faigh sinn comhfhurtachd fo na h-amhgharraibh sin, no neart gu cuir nan aghadh, ach bho 'n lòn sin a ta air a riarachadh aig *bord an Tighearna*; bho' na fulangasaibh sin a ghiulain ar Slanuigh-ear air ar son, agus nach do thoill e fèin air chor sam bith? Oir cò is urrainn gearan a dheanamh air gnè sam bith do dh'amhgharra, a bheir fainear gu bheil iad na' smachdachadh ro fheumail air ar 'n amaideachd, nan ath-leasachadh urramach air ar deagh-bhcùs,

agus nam fianaisean air ar gràdh diongmhalt' do 'n Iosa bheannuichite, 'nuair a ghiulinear le foighidinn agus le ùmh-lachd iad ; agus os bar, a chuimhnicheas è gun d' rinneadh a Thighcarna agus a' Mhaighistir ionlan tre fhublangas-aibh ? A thuillè air so, bho 'n lòn neamhaidh so tha sinn a' faghail a leithid do mhothachadh comhfhurtachd sa tha toirt an guin a' trioblaidean na beatha so ; agus tha e toirt duinn a leithid do dh'aoibhneis s' an taobh a stigh 's nach gabh innseadh, agus ata iadsan a mhàin a' faireachdain a ta gu tric a' comh-pàirtcachadh dheth.

Is e so an t-aon dòigh is ro iomchuidh air ar cuirp a dheanadh nan teampuill a Spioraid Naoimh, agus a meadhon is ro èifeachdaicheadh gu'r 'n-anamna uidheamachadh gu h-iomchuidh air aoibhncis Dhè a sheilbhceachadh gu siorrhuidh.

V. Nochdam 'a nis, 'sa choigeamh àite, an ro fhaicill a thug an Eaglais an aghaidh mi-naomhachadh nan diamh-airreachda naonicha sin.

'Samhuil riaghlaigh glic ar màthar naoimh, an Eaglais, 's gu bheil i, le h-uile reachdan, 'gar teagast suas cùem air cheùm bho 'n ghlùn gu comh-pàirtcachadh gu h-iomchuidh do 'n iobairt Chriosdail so. Ann ar baisteadh tha i ag iarraidh so orrasan a sheasas air ar son agus a cheanglas iad fein air son ar'n oilein Criodail ann an uilc theagast-aibh a chreidimh. Tha iad so air an ceangal cha n e mhàin gu 'r teagast anns gach ponec fheàrmail creidimh, ach tha aca r' a thoirt an aire mar an ceudna, cho luath 's a bhios sinn deas air a shion, gun d'thoirear chum an Easpuig sinn gu bhi air ar comh-dhaingneachadh leis. Tha so 'na chùl-urras do 'n dleasnas a leag nadur agus an creideamh Criodail air pàrrantaibh, agus na sholar sona air son am

bàis. Agus cha n' iad a mhàin na h-urrasan, ach tha e ceangailte air ministceir na h-Eaglaise gu h-àraidh an òigridh, agus an sluagh gu lèir a sgrùdadadh, a theagasg, agus a cheasnachadh ann am ponncuibh a chriedimh a reir Leabhair Cheistean na h-Eaglaise, anns a' bheil gach ni a ta feumail a chreidsinn agus a dheanamh chum slainte ar n' anamna', gu h-ath-l-ghearr air an tarruinn ari mach. Agus ni 's fhaide na so, tha an Eglais ag orduchadh nach cuirear neach sam bith an lathair an Easpuig gu bhi air a cho-dhaingneachadh gus a bheil iad murrach air cùnnatas a thoirt air an creideamh; air am bheil a' ministeur a ta 'gan noch-dadh gu bhi na bhritheamh; agus na dheigh so uile cha cho-dhaingnichear iad mar 'eil an t-Easpaig e fein lan toilichte lc an staid eolais, ni a ta dearbhadh gu bheil earrann fein aige-san mar an ecudna r'a choilionadh do n cheasnachadh so. Ris a so uile tha i gu glie a cuir riaghailt chud-thromaich so, "nach gabhar neach sam bith a stigh chum a chommanachaidh naoimh gus am bi iad air an comh-dhaing-neachadh, no ullamh agus toileach a bhi air an comh-dhaing-neachadh;" chum gum bi i cinnteach, gun ath-nuadhaich agus gun comhdhaingnich a muinntir sin a gheall lc 'n urrasaibh aig am baisteadh, an cumhnanta agus an gealladh a rinneadh air an son aig an am sin; agus gu bràth na dhèigh sin gun d' thoir iad fèin oidheirp fhirlinneach air coi-lionadh na nithe sin uile ris an d' aontaich iad a nis le 'n aideachadh fèin. Thuille air a so uile, a gheard àrd urram na Sacramaid naoimli, tha a' ministearan ceanguite, a réir riaghailt na h-Eaglaise coitchionn, gun fhullann do chionntaich, no luchd-roinn aithnichte sam bith, comh-pàir-teachadh dh'i; chum gum bi an geard soni's ro dhiongmhalta, agus nach bi e an comas neach mi-ionchuidh sam bith goid gu bord an Tighearna "cha 'n fheàdar coigrich bho cho-

thionalan eile ghabhail a stigh a dh' ionnsuidh a ehommanachaidh naoimh ;” agus a mheùd ’s leis an àill a bhi nan luchd eo-pàirt d’e, “ tha iad r’ an ainnm a thoirt a stigh do ’n mhinisteir an la’ roimhe air a chuid is lugha ;” ehum gum bi luchd droch-bheirt aithnichte air an cronachadh a thaobh an eionntaibh, agus gum bi iadsan a ta ann a’ mi-rùn, a’ fuath, no ’n gamhlas r’ a chèile, air an deanadh rèidh, agus gun d’ tabhair iad dearbhadh air an aithreachas, mun gabh iad do dhanadas orra fein teachd a thairgse an tiodhlaea. Agus ma tha aig neach sam bith a leithid do thiom mhothachadh air am peacainnean, ’s nach urrainn iad an eogaisean fein a thoileachadh, tha e air earalachadh orra an comhairle’ chuir r’ an luchd-iùil spioradail, agus am bròn fhosgladh, chum gu faigh iad comhairle agus seoladh spioradail, maille ri buaidh fuasglaidh. Seadh aig fior thois eaeh seirbheis a ehommanachaidh, tha an sagart, a ta a’ frithealadh, a’ euir an làthair an luchd comuinn, cunnart gabhail gu mi-iomehuidh, agus a toirt cuireadh dhaibhsan a mhain, a ta gu h-iomchuidh uidh-eamaichte, teachd am fagus. Air chor ’s ma tha teagastg diadhaidh, ma tha ùrachadh agus athi-dhaingneachadh solaimte ar bòidean baistidh, ma tha comhairle a chuir ri ar fear-iuil spioradail, ma tha toirmeasg àraidh air cionntaich aithnichte, agus earail dhùrachidach ar pears-Eaglaisc, mas urrainn daibh so uile, na diamh-aireachda naomha sin a gheard bho eas-urram, einnteach feumar aideachadh gu d’ thug ar n Eaglais-ne gach uil’ oidheirp air sin a dheanadh. Thugadh iadsan, a ta cuir nan riaghailtean so ann a neo-brigh a mhain fainear, cionnas a fhrcageas iad air a shon air an la mhòr : cia fad a ta iad eionntaeh ’s an eas-urram so, a dh’ fheudadh iad a sheachnad nan coi-lionadh iad gu h-iomchuidh reachdan

na h-Eaglaise a tha gu teann ceanguite orra a thoirt fainear, agus cia fada, le am mi-chùram, a tha iad a' brosnuchadh nan roinnean mi-naomha sin a ta 'g èiridh tre leithsgeul an leithide so do chleachdainean maslach.

VI. Fa'dheoidh, cuiream an eèill beagan riaghailtean a thaobh na doigh air coi-lionadh an dleasnais so, gabhail na Sacramaid naoimh.

A thaobh urram ar euirp, bu chòir 'gar ginlan bho'n taobh am mach a bhi ghná a reir iarrtas na h-Eaglaise. Chum na eriche so, agus do bhrigh s gur h-i staid umh-lachd is mò is urrainn duinnc a nochdad, feùmaidh sinn an t-Sacramaid naomh a ghabhail air ar glùinibh, staid is ro fhreagarrache dhuinn, nuair a ta sinn a togail suas ar'n achain ri ard mhórachd neimhe agus na talmhuinn. Agus bho 'n a ta an Eaglais ag iarraidh oirnn dol air ar glùinibh no seasamh, gu'n teagamlì thigeadh dhuinn a suidheachadh iomchuidh umhail agus iriosal so a leantuinn, a tha cleachdad na h-Eaglaise bho thoiseach a' nochdad dhuinn. Is ann le an leithide so do riaghailtean a ta co-aontachd mhaiseach air a cumail suas araon 'n ar giulan agus 'n ar 'n iarrtais. Agus thigeadh dhuinn ar eaoehla suidheachadh euirp a' nochdad le leithid do chùram agus do dh' urram 'sa dhlearbas do na h-uile gu bheil sinn ag inntrin le fior dhùrachd anns an iobairt Chríosdail so, achi gidheadh an aire ro mhath a thoirt, anis a cheart àm, nach comharraicheadh annainn na nithe faoin thar barrachd sin, a tha ullamh air a mhuinntir sin a ta laimh ruinn a ghluasad, agus mar so rèusan a thoirt do dhaoine air teagamh a chuir annainn, agus ar tabhairt fainear mar chealgaircan ereidimh. Chum na eriche so nuair a chuireas sinn ar euirp ann a suidheachadh urnuigh, agus einnteach

cha ne so seasamh ri taic no tionnda' chuige agus bh'naithe, thigeadh dhuinn 'nuair a lùbas sinn ar glùn ar sùilean a shuidhcachadh air an urlar, chum nach euir ni sam bith a chi sinn air seachran sinn; a' euir romhainn 's a cheart àm, nach leig sinn leo spleùchdad mun cuairt' a choimhead air nithe a għluaiseas ar smuaintean. Ni 's fhaide, tha tosd na chomhnadh mor do 'n airc mhath so. Air an aobhar sin cha bu chòir dhuinn uair air bith aon-tachadh leis a Mhinisteir le guth àrd ach far am bheil e air iarraidh oirnn, a' toirt oidheirp air ar cuid fein a dheanamh do 'n chòr le *Amen* eridheil agus dùrachdach. Tha e iomchuidh gun gabhamaid an cùram ceudna a thaobh nan ùrnughean uaigneach a ta sinn a tairgse suas aig an altair, a tha ri 'n tairgse ann am briathraibh cho ciuin agus iosal 's nach bi iad draghail do dh' aoradh ar co-Chriosd-uinean mun cuairt duinn. Feumaidh sinn air na h-uile cor a chuimhneachadh nach aithris sinn an deigh a mhinisteir, na nithe sin a bhuineas 'g a oifig fein a mhàin. 'So aimmicheam gu h-àraidh do bhrigh gun d' thug mi fainear gu tric cuid do shluagh cràbhach agus dùrachdach 'ga leannantuinn-san anns an *Earail* agus ann a *Fuasgladh* no *Maitheanas peacaidh*, cho math ris an *Aidmheil Choitchiom*. Ma bheir iad fein fainear a ni so gu suidhichte, chi iad gu bheil e na dhoigh a ta gu h-iomlan mi-iomchuidh gu aoradh an t-sluaigh a nochdad, do bhrigh gur comharradh soilleir e air oifig an t-Saigart a mhain.

A thaobh *urram* ar n' *inntinnean*, bu chòir dha so a bhi air a dheanamh a suas d' a leithid do bheo-neart agus do *dhurachd smuaint* 's a nochdas gu bheil ar eridheachan cho maith ri 'r bilibh aontaichte anns an t-seirbheis sholaimte so: d' a leithid do *theas aignidh* agus do thomhas *diansparraidh* 'sa lcigeas fhaicinn cia iarrtach a ta sinn air an

trocair-sin a ta sinn a' sìreadh, agus eia mor ar miagh agus ar meas air a ni sin a ta sinn ag iarraidh. Chum na erie so thigeadh dhuinn, le ro aire, an *duine le Dia* a ta' frith-ealadh a cho-imeachd, fad na h-oifige gu lèir, a ta air a deilbh agus air a euir ri chèile, ann an doigh ro urramaich gu euir an eèill na miannan diadhaidh agus nan aig-nean eràbhach sin uile, a thigeadh do gach inntinn dheas-uidheamaichte fhaireachdain aig na h-amaibh sin. Mar so a' euir an eèill ar *n'aithreachais* anns an *Aidmheil Choitchionn* agus ann am *Maitheanas no Fuasgladh peacaidh*; ar *grайдh* agus ar *n-iochd* ann an eobhair air ar bràithrean boehda le tabhartas fialaidh, ann an ùrnuigh air son uile staid agus innbhe dhaoine, ann an toirt maitheanas dhaibhsan a thug oilbheum dhuinn; ar 'n *iòslachd* ann an aid-eachadh ar mi-fhiachalaechd; a' *cuir romhainn ùmhlaichd* as fearr a thoirt bh'uainn, le sinn fein a thairgse suas 'n ar 'n iòbairtean reusanta, naomha, agus beothail do Dhia; 'n ar *cliu* agus *breith-buitheachais* anns na laoidhibh agus ùrnuighean an dèigh a ehommanaehaidh naoimh. Agus am feagh a bhitheas ar bràithrean a' commanaehadh, feudaidh sinne, a dh'èirieh bho 'n altair, n a nithe so a mheùdaehadh, aeh daonan a toirt an aire nach euir ar n' ùrnuighean uaigneach bacadh air ar n' aoradhl follaiseach, agus gun leig sinn seachad ar n'ùrnuighean fèin an uair a ghairmeas a ministeur oirnn aontachadh maille ris-san.

A echo-Chriòsdainean agus a luehd-dùeha ionmhuinn, thug mi nis oidheirp air nàdur na n diamhaireachda naomha sin, Sàeramaid Suipeir an Tighearna, a mhineachadh dhuibh;— Nochd mi dhuibh gur h' e dleasnas eeangailte gach duine a ta 'ga ainmeachadh fèin na Chriòsdaidh, eomh-pàirt-eachadh dhi gu tri, agus gach uair a ta i air a' frithhealadh do luehd leanmhuinn Chriosda;—chuir mi na 'r làthair

an t-ulluchadh agus an t-uidheamachadh a ta iomehuidh air 'ur taobh-se chum na criche so; agus fa'dheoidh, fhreagair mi na leithsgedula sin a ta sluagh mi-chùramach a gabhail gu fuireach air an ais. Guidheam a nis oirbh, gu ro dhùrachdach, 'ur n'uil' aire thoirt do na nithe so; agus mas i 'ur miam agus 'ur dùrachd Dia a shoirbhccachadhi leibh fcin, le 'r teaghlaichean, agus le 'r guothaichean anns a bheatha so, agus 'ur n-anamnan a bhi sabhailt ann a sonas siorruidh anns a bhcatha a ta ri teachd, cisdibh guth, agus leanaibh gu dlù agus gu teann ri riaghailtean agus ri eomhairlean 'ur màtar, an Eaglais. Thugaibh a suas 'ur n-anamna agus 'ur euirp nan iòbhairt bheothail, ullamh, agus thaitneach do Dhia. Coisrigibh 'ur n-uile smuaintean, ghniomhara, agus bhriathran ëdhàsan agus 'ga sheirbheis naoimh. Beathaichibh do ghna 'ur n-anamna, le lòn spioradail euirp agus fola Mie a ghràidh-san, mar a ta 'ur euirp air am beathachadh do ghna le lòn talmhaidh, toradh a mhaitheis. Breathnaichibh gu domhain air a ghealladh gràsmhor san a thubhairt. “ An ti a dh'itheas m' fheoilse agus a dh' òlas m' fhuil, a ta bheatha mhaireannach aige, agus togaidh-mise an àird è air an la dhei'reanach.” “ Easan nach ith m' fheoil-se agus nach òl m' fhuil, cha n' 'eil beatha ann.” “ Deanaibh so an euimhneachan,” air san. Agus bithidh gràs ar Tighearna Iosa Criod', agus gràdh Dhè, agus eochomunn a Spioraid Naoimh gu siorruidh maille ribh. Amen.